

Foghlam Alba

Dùbhlàn Coileanaidh na h-Alba

Geàrr-aithisg Nàiseanta
Dùbhlachd 2022 - Màrt 2023

Clàr-innse

Roinn 1

- 1.1 Ro-ràdh3
- 1.2 Adhartas a dh'ionnsaigh nan ath cheumannan airson na h-ùine seo3

Roinn 2

Cuspair: Dàta airson leasachadh

- 2.1 Siostaman agus pròiseasan13
- 2.2 Foghlam Farsaing Coitcheann 17
- 2.3 An ìre as àirde 19
- 2.4 Adhartas a dh'ionnsaigh amasan sinidh..... 21

Roinn 3

- 3.1 Na h-ath cheumannan airson leasachadh leantainneach25

Roinn 1

1.1 Ro-ràdh

Mar phàirt den chuairt aithris air buileachadh Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba (SAC), bidh comhairlichean coileanaidh a' dèanamh aithisgean trì tursan gach bliadhna. Tha am pròiseas seo a' dèanamh cinnteach gu bheil dòigh leantainneach ann far a bheil na h-ath cheumannan air an comharrachadh agus adhartas air a dhèanamh gan ionnsaigh.

Tha an geàrr-aithisg seo na thar-shealladh air anailis adhartas nan 32 ùghdarrasan ionadail gu lèir bhon Dùbhlachd 2022 chun Mhàirt 2023. Chaidh na h-eisimpleirean tron gheàrr-chunntas seo a thoirt bho aithisgean ùghdarrasan ionadail.

B' e dàta airson leasachadh am prìomh chuspair airson na h-ùine aithrisidh seo agus tha geàrr-chunntas air ann an Roinn 2. Tha e a' mìneachadh an leasachaidh agus an adhartais a tha ùghdarrasan ionadail a' dèanamh ann a bhith a' cleachdadh dàta gus builean do chlann agus daoine òga fo bhuidh bochdainn a leasachadh le fòcas air dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.

1.2 Adhartas a dh'ionnsaigh nan ath cheumannan airson na h-ùine seo

Anns a' chiad chuairt de dh'aithisgean trì tursan gach-bliadhna, chomharraich a h-uile ùghdarras ionadail na h-ath cheumannan aca airson ùrachadh SAC a thoirt gu buil. Nuair a chaidh geàrr-chunntas a dhèanamh ann an [Aithisg Geàrr-chunntas Nàiseanta air Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba Sultain gu Samhain 2022](#), nochd prìomh chuspairean nan ath cheumannan mar a leanas:

- Maoineachadh Cothromais nan Sgoilearan (Pupil Equity Funding)
- Dàta
- Maoin Cloinne is Òigridh le Eòlas air Cùram
- Amasan Sìnidh

Lean na prìomh chuspairean sin orra a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha ùghdarrasan ionadail a' meas [Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba: Frèam airson Ath-bheothachadh agus Luathachadh Adhartais](#) (am Frèam-obrach).

A bharrachd air sin, tha ùghdarrasan ionadail ag obair gus dèanamh cinnteach gun tèid a' Mhaoin Cothromais Ro-innleachdail (SEF) a bhuileachadh gu soirbheachail. Tha seo na dheagh chomharradh gu bheil ùghdarrasan ionadail, sa chiad bhliadhna den mhaoin, air a bhith luath a' dèanamh cinnteach gun deach dealbhadh agus oidhirpean èifeachdach a chur an sàs.

Tha fianais làidir ann gu bheil a h-uile ùghdarras ionadail air adhartas a dhèanamh a dh'ionnsaigh nan ath cheumannan. Tha comharran a' nochdadh gu bheil astar an adhartais air a dhol am feabhas tuilleadh. Tha seo gu sònraichte follaiseach a thaobh buileachadh agus cleachdadh Maoin Cothromais nan Sgoilearan (PEF) air an tug 75% de dh'ùghdarrasan ionadail iomradh.

Maoineachadh Cothromais nan Sgoilearan

Mhìnich a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail an t-adhartas susbainteach a thathas a' dèanamh ann a bhith a' cleachdadh Maoin Cothromais nan Sgoilearan. Tha fianais ann gu bheil na prìomh raointean a leanas air cur gu mòr ris an adhartas a thathar a' dèanamh ann a bhith a' dùnadh na beàirn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn:

- Tracadh agus sgrùdadh eadar-theachdan agus caiteachas
- Dealbhadh, aithriseadh agus ath-bhreithneachadh
- Tursan/coinneamhan/tadhalan a-steach
- Buaidh agus luachadh
- Taic ionmhais

Tha cleachdadh dàta eadar-fhighte air feadh nan raointean sin agus tha e na phrìomhachas do gach ùghdarras ionadail a thaobh gnìomhan a chuireas ri adhartas. Anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean, chan eil adhartas a' tachairt air sgàth dìreach aon de na raointean gu h-àrd, ach measgachadh dhiubh. Tha e follaiseach, far a bheil ùghdarrasan ionadail air cuairt a stèidheachadh airson PEF a chur an gnìomh, gun deach adhartas math a dhèanamh.

Tha còrr air trian de na h-ùghdarrasan ionadail ag ainmeachadh tracadh agus sgrùdadh anns na h-ath cheumannan. Ann an cuid, tha am fòcas seo air dèanamh cinnteach gu bheil pròiseasan dearbhadh càileachd air am freumhachadh agus gu bheil buaidh air a bhith aig builean a tha san amharc. Tha tracadh agus sgrùdadh cuideachd na phròiseas leantainneach agus chan e dìreach gnìomhachd aon-uair. Tha seo cuideachd a' toirt taic do ùghdarrasan ionadail gus fo-chosgais sam bith a chomharrachadh aig ìre thràth.

Tracadh agus sgrùdadh

Tha pròiseas dearbhadh càileachd air a chur an gnìomh gu cunbhalach airson bun-sgoiltean agus ionadan tràth-bhliadhnaichean air leantainn gu sgrùdadh nas làidire air buaidh eadar-theachdan PEF.

Chaidh adhartas a dhèanamh ann a bhith a' toirt taic do sgoiltean a' cumail sùil air caiteachas PEF.

Tha an t-ùghdarras ionadail (a' gabhail a-steach ceannardan-sgoile) a' cumail orra le fèin-luachadh le bhith a' tracadh agus a' sgrùdadh an adhartais a thathar a' dèanamh ann a bhith a' dùnadh na beàirn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.

Tha an t-ùghdarras ionadail air sùil a thoirt a-rithist air a' phròiseas ath-bhreithneachaidh aca. Tha trèanadh a bharrachd a tha ag amas air oifigearan-taice gnìomhachais air mothachadh a thogail mun fheum a bhith cinnteach gu bheil caiteachas PEF gu lèir air a ghealltainn thar na bliadhna acadaimigich.

Chaidh buaidh eadar-theachdan PEF a thracadh gu h-èifeachdach a' cleachdadh an 'Inneal Eadar-theachdan Dealbhaidh agus Tracadh air Dùnadh na Beàirn'. Ann an 2021-22, choinnich 89% de luchd-ionnsachaidh gu h-iomlan no ann am pàirt ris na builean a bha san amharc airson eadar-theachdan PEF a chaidh a thracadh.

Tha an neach-cunntais foghlaim agus am prìomh oifigear SAC a' sgrùdadh caiteachas PEF gach mìos, agus aig deireadh gach ùine ionmhais. Tha an t-ùghdarras ionadail a' leantainn air adhart a' toirt prìomhachas do thracadh agus sgrùdadh caiteachas PEF, a' leigeil leis an sgioba leasachadh càileachd aire a chuimseachadh air gnothaichean agus a bhith ri gnìomh sgiobalta soilleir.

Tha fianais làidir ann gu bheil ùghdarrasan ionadail air na tha iad a' sùileachadh a mheudachadh a thaobh mar a bhios sgoiltean a' planadh airson, agus ag aithris air, buaidh an PEF. Tha seo a' faighinn tuilleadh taic bho ùghdarrasan ionadail a tha an sàs ann an ath-bhreithneachadh siostamataigeach air planaichean agus toirt seachad fios air ais. Tha tracadh agus sgrùdadh air caiteachas cuideachd follaiseach sa phròiseas seo. Tha seo a' toirt taic làidir do cheannardan-sgoile agus a' dèanamh cinnteach gu bheil eadar-theachdan agus dòighean-obrach air an riaghladh ann an dòigh nas iomchaidh.

Dha cuid, tha e air a bhith a' gabhail a-steach leasachadh shiostaman ùra airson planadh, aithriseadh agus ath-bhreithneachadh air planaichean agus aithisgean.

Ath-bhreithneachadh air planadh agus aithriseadh

Tha an sgioba meadhain air adhartas a dhèanamh ann a bhith ag ath-bhreithneachadh agus a' leasachadh planadh agus aithriseadh PEF gu siostamataigeach. Tha am pròiseas air gabhail a-steach coimhead taobh a-muigh an ùghdarrais ionadail a lorg deagh chleachdadh.

Tha fianais ann gu bheil an dreach ùraichte de phlanadh is aithriseadh PEF a' toirt dòigh-obrach nas cunbhalache gu buil a thaobh cleachdadh èifeachdach de dhàta, feallsanachd stèidhichte air fianais agus builean is tomhasan air an deagh p.

Tha prìomh oifigearan co-obrachail a' sgrùdadh planaichean PEF agus a' dol an sàs ann an conaltradh cunbhalach le ceannardan-sgoile mu bhuidhe eadar-theachdan agus stòrasan.

Tha a h-uile sgoil air fios air ais fhaighinn mu na planaichean PEF aca. Tha coinneamhan air a bhith ann eadar am prìomh oifigear SAC, an comhairliche coileanaidh agus ceannardan-sgoile gus taic a thoirt do phlanadh a tha nas fhasa a thomhas.

Rinneadh deagh adhartas ann a bhith ag ath-bhreithneachadh frèam-obrach leasachadh càileachd anns a bheil dòighean-obrach ùraichte a thaobh planadh airson PEF.

Tha co-chomhairle a' dol air adhart leis a h-uile roinn gus an t-inneal planaidh PEF a liomhadh. Chithear fianais air planadh PEF mòran nas cuimsichte le comharrachadh dhaoine/bhuidhnean nas soilleire.

Tha plana PEF aig a h-uile sgoil a-nis a tha air a ghabhail a-steach san Aithisg Inbhean is Càileachd agus plana leasachaidh na sgoile. Tha builean agus ceumannan PEF nas soilleire a' toirt taic nas làidire airson buaidh a thomhas.

Chaidh pròiseas dearbhadh càileachd èifeachdach a thoirt a-steach gus planaichean a sgrùdadh agus a luachadh agus gus PEF a chomasachadh.

Rè COVID-19, mar a thuigear, cha robh uiread comais aig oifigearan ùghdarrasan ionadail a bhith a' tadhal air sgoiltean. Bha e duilich cuideachd do cheannardan-sgoile na planaichean a bha aca mar-thà a chur an gnìomh gu h-iomlan. Tha siostaman ùghdarrasan ionadail airson dearbhadh càileachd a-nis gan neartachadh, agus tha comharran làidir ann gu bheil iad a' faighinn air ais bho Chovid. Ann am beagan nas lugha na dàrna leth nan ùghdarrasan ionadail, chaidh adhartas a dhèanamh mar thoradh air prìomh oifigearan a' tadhal air sgoiltean, a' dol an sàs ann an coinneamhan cunbhalach agus seiseanan 'tadhal a-steach'. Tha seo a' libhrigeadh dùbhlann agus, ann an cuid de shuidheachaidhean, taic chuimsichte airson sgoiltean air a bheil fòcas.

Tursan, coinneamhan, tadhalan a-steach

Mar fhreagairt air iarrtas bho cheannardan-sgoile, chuir an comhairliche coileanaidh agus am prìomh oifigear SAC seiseanan PEF air dòigh airson cheannardan-sgoile gus beachdachadh air caiteachas PEF le co-obrachaidhean bho ionmhas. Thathas an dùil gun adhbharaich na seiseanan sin lùghdachadh ann an caiteachas agus dealbhadh a tha nas mionaidiche agus nas teinne.

Chaidh taic PEF aon-ri-aon agus ionnsachadh proifeiseanta a thabhann do gach sgoil. Tha taic a' gabhail a-steach planadh èifeachdach stèidhichte air fianais làidir, buileachadh, tracadh agus sgrùdadh agus luachadh.

Tha a h-uile sgoil air fios air ais fhaighinn mu na planaichean PEF aca. Tha coinneamhan air a bhith ann eadar am prìomh oifigear SAC, an comhairliche coileanaidh agus ceannardan-sgoile gus taic a thoirt do planaichean a dhèanamh nas fhasa a thomhas.

Chaidh cuimseachadh air trì sgoiltean deug san ùine aithrisidh seo, le sia sgoiltean eile air an comharrachadh mar sgoiltean a dh'fheumadh tadhal bhon chomhairliche coileanaidh (AA) gus sgrùdadh a dhèanamh air fo-chosgaisean agus planadh PEF.

Tha dearbhadh càileachd làidir air fiosrachadh a thoirt gu dìreach do raon fheartan, a' gabhail a-steach comhairle ionmhais, ionnsachadh proifeiseanta agus tursan sgoile cuimsichte. Mar thoradh air sin, chaidh fo-chaitheachas PEF a lùghdachadh agus chaidh taic a thoirt do sgoiltean comharraichte gus eadar-theachdan iomchaidh a chur an sàs.

Tha tursan meadhan-bliadhna gu sgoiltean air sàilleibh PEF air a bhith a' tachairt bhon t-seisean 2018-19. Tha iad sin a' toirt a-steach an comhairliche coileanaidh (AA) agus am prìomh oifigear SAC a' coinneachadh leis a h-uile sgoil eadar am Faoilleach agus am Màrt gus bruidhinn air PEF. Tha na tursan sin a' gabhail a-steach taic do sgoiltean gus dàta buaidh a chruinneachadh tron bhliadhna, buaidh maoineachaidh a luachadh, sgrùdadh ionmhais agus roinneadh chleachdaidhean. Chaidh adhartas math a dhèanamh le oifigearan-ceangail sgoile a' frithealadh nan tursan sin còmhla ris a' chomhairliche coileanaidh (AA) agus am prìomh oifigear SAC.

Tha a h-uile ionad bun-sgoile, àrd-sgoile agus feuman taic a bharrachd a-nis air tadhal taic chuimsichte /dùbhlain fhaighinn le oifigear PEF, sgioba cothromais agus/no an comhairliche coileanaidh.

Tha mothachadh a' sìor fhàs gu bheil feum ann air pròiseasan dearbhadh càileachd làidir. Tha na pròiseasan sin a' cuideachadh ùghdarrasan ionadail agus sgoiltean a bhith a' sgrùdadh buaidh agus luachadh PEF a tha air leth cudromach nuair a thathar a' beachdachadh air a' chuairt.

Is dòcha gu bheil seo mar thoradh air dùil shoilleir san Fhrèam-obrach a thaobh àite ùghdarrasan ionadail ann a bhith: "a' toirt taic agus dùbhlain do sgoiltean le bhith a' cleachdadh PEF gus adhartas a dhèanamh ann a bhith a' leasachadh slàinte is sunnd agus builean foghlaim cloinne is dhaoine òga air a bheil bochdainn a' toirt buaidh."

Airson cuid de dh'ùghdarrasan ionadail, is e sreath ùr de dhearbhadh càileachd a tha seo agus tha e na chomharradh air cho cudromach 's a tha an dleastanas ro-innleachdail iomlan aca ga mheas ann a bhith a' stiùireadh PEF.

Buaidh agus luachadh

Tha pròiseas dearbhadh càileachd air a chur an gnìomh gu cunbhalach airson bun-sgoiltean agus ionadan tràth-bhliadhnaichean air leantainn gu sgrùdadh nas làidire air buaidh eadar-theachdan SEF agus PEF.

Mar eisimpleir, buill den sgioba meadhain ag obair còmhla ri ceannardan-sgoile gus ath-bhreithneachadh a dhèanamh air buaidh caiteachas PEF.

Chaidh seo a leantainn le sreath de 'quads' PEF, far an robh ceannardan-sgoile ag obair còmhla gus ath-bhreithneachadh air èifeachdas a' phròiseis PEF, a' bhuidhe a tha air a bhith aige gu ruige seo agus airson sgrùdadh a dhèanamh air na leasan a chaidh ionnsachadh.

Tha an t-ùghdarras air sùil eile agus ùrachadh a thoirt air a' chuairt de phlanadh leasachadh sgoile agus Aithisg Inbhean is Càileachd às dèidh conaltradh le ceannardan-sgoile. Mar thoradh air sin, tha fòcas soilleir air a bhith air buaidh PEF a shealltainn tro bhuilean a ghabhas tomhas.

Tha co-chomhairle a' dol air adhart leis a h-uile roinn gus 'an t-inneal planaidh PEF' a liomhadh. Chithear fianais air planadh PEF mòran nas cuimsichte le comharrachadh dhaoine/bhuidhnean nas soilleire. Thathas a' comharrachadh bheàrnan a' cleachdadh dàta, le builean/ceumannan a' leantainn gu buaidh air adhartas gan aithneachadh.

Tha plana PEF aig a h-uile sgoil a-nis a tha air a ghabhail a-steach san Aithisg Inbhean is Càileachd agus plana leasachaidh na sgoile. Tha builean agus ceumannan PEF nas soilleire a' toirt taic nas làidire airson buaidh a thomhas.

Tha tracadh agus sgrùdadh caiteachas cuideachd follaiseach. Tha seo a' toirt taic làidir do cheannardan-sgoile agus a' dèanamh cinnteach gu bheil eadar-theachdan agus dòighean-obrach air an riaghladh ann an dòigh nas iomchaidh. Ann an cuid de dh'ùghdarrasan ionadail tha seo a' toirt a-steach taic bho oifigearan ionmhais.

Taic ionmhais

Tha sgrùdadh PEF, a' gabhail a-steach eadar-theachdan, luachadh agus ionmhas, a-nis ann a thèid a cho-roinn leis na h-oifigearan-leasachaidh càileachd. Thathas a' tòiseachadh a' toirt seachad taic chuimsichte far nach eil PEF ga chur an gnìomh gu h-èifeachdach gus a' bhuidheas as motha a thoirt air luchd-ionnsachaidh.

Tha an neach-cunntais foghlaim agus am prìomh oifigear SAC a' sgrùdadh caiteachas PEF gach mìos, agus aig deireadh gach ùine ionmhais. Tha an t-ùghdarras ionadail a' cumail orra a' toirt prìomhachas do thracadh agus sgrùdadh caiteachas PEF, a' leigeil leis an sgioba leasachadh càileachd aire a chuimseachadh air gnothaichean agus a bhith ri gnìomh sgiobalta soilleir.

Tha an t-ùghdarras ionadail dealasach a thaobh a bhith a' lùghdachadh fo-chaitheachas ionmhais thar sgoiltean ainmichte. Tha sgoiltean air an comharrachadh le fo-chaitheachas air conaltradh fhaighinn a thaobh seo agus tha iad air còmhraidhean a chumail leis an sgioba ionmhais a thaobh dhuilgheadasan agus fuasglaidhean.

Tha an t-ùghdarras ionadail air sùil a thoirt a-rithist air a' phròiseas ath-bhreithneachaidh aca airson Maoin Cothromais nan Sgoilearan. Tha trèanadh a bharrachd a tha ag amas air oifigearan-taice gnìomhachais air mothachadh a thogail mun fheum a bhith cinnteach gu bheil caiteachas PEF gu lèir air a ghealltainn thar na bliadhna acadaimigich. Bidh ath-bhreithneachadh cunbhalach air fo-chosgaisean a' leantainn gu tairgsean taic do cheannardan-sgoile. Cumaidh an t-ùghdarras ionadail orra a' sgrùdadh caiteachas a chaidh a shònrachadh leis an rùn an lùghdachadh tuilleadh.

Chaidh adhartas làidir a dhèanamh ann a bhith a' tuigsinn giùlan air adhart agus ro-innse PEF. Tha am manaidsair leasachadh càileachd, còmhla ri co-obraichean ionmhais, air a bhith dìcheallach gus am fiosrachadh seo a thional agus a sgaoileadh. Chaidh cuimseachadh air trì sgoiltean deug san ùine aithrisidh seo, le sia sgoiltean eile air an comharrachadh mar sgoiltean a dh'fheumadh tadhal bhon chomhairliche coileanaidh (AA) gus sgrùdadh a dhèanamh air fo-chaitheachas agus dealbhadh PEF. Tha seo air lùghdachadh mòr a thoirt gu buil ann an trì mìosan.

Chaidh stiùireadh sònraichte a chruthachadh agus bheir e taic do àrd-stiùirichean ann a bhith a' tuigsinn prìomh phrionnsapalan PEF. Tha e cuideachd a' soilleireachadh structaran riaghlaidh ionadail. Tha an stiùireadh seo air a chleachdadh leis a h-uile sgoil a gheibh am maoin eachadh agus tha e a' mìneachadh shlatan-tomhais gu soilleir a thaobh ionmhas agus luchd-obrach.

Tha dearbhadh càileachd làidir air fiosrachadh a thoirt gu dìreach do raon fheartan a' gabhail a-steach comhairle ionmhais, ionnsachadh proifeiseanta agus tursan sgoile cuimsichte. Mar thoradh air sin, chaidh fo-chaitheachas PEF a lùghdachadh agus chaidh taic a thoirt do sgoiltean comharraichte gus eadar-theachdan iomchaidh a chur an sàs.

Maoineachadh Cothromais Ro-innleachdail

Dh'ainmich a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail a' Mhaoin Cothromais Ro-innleachdail a thaobh an adhartais a dh'ionnsaigh an ath cheumannan. Tha comharran soilleir ann gu bheil ùghdarrasan ionadail air a dhol an sàs gu luath gus dèanamh cinnteach gu bheil an sruth maoineachaidh seo freumhaichte nan dòighean ro-innleachdail.

Dhe na h-ùghdarrasan seo, tha còrr air an dàrna leth dhiubh air a' mhaoin a chleachdadh gus luchd-dreuchd ùr fhadastadh le raon farsaing de dhleastanasan is raointean-ùghdarras. Ged a bha comharran ann roimhe gun robh ùghdarrasan ionadail an dùil seo a dhèanamh, cha robh fiosrachadh mu na dreuchdan sin soilleir. Tha fianais a-nis a' tighinn am bàrr gun deach barrachd soilleireachd, beachdachaidh agus mion-fhiosrachaidh a thoirt seachad air mar as urrainn do dhreuchdan sònraichte builean àrdachadh do chlann is dhaoine òga agus, gu sònraichte, dhaibhsan a tha ann am bochdainn.

A' stèidheachadh dhreuchdan ùra

Chaidh oifigear foghlaim le raon-ùghdarras SAC, maoinichte le Cothromas Ro-innleachdail, fhadastadh gus obair le sgoiltean agus fiosrachadh a chruinneachadh gu ro-innleachdail mu chleachdadh Maoineachadh Cothromais nan Sgoilearan agus a' bhuaidh a bhios aige.

Mar thoradh air pròiseas fastaidh soirbheachail chaidh prìomh oifigear na Maoin Cothromais Ro-innleachdail a chur an dreuchd a nì sgrùdadh air pròiseasan agus dòighean-obrach a thaobh dòighean tracadh eileagtronaigich thar gach roinn. Mar a leasaicheas an obair seo tuilleadh bheir i seachad dòighean èifeachdach is tarbhach gus treandan ann an dàta coileanadh a chomharrachadh a leigeas le eadar-theachdan cuimsichte tachairt air feadh an ùghdarras.

Tron Mhaoin Cothromais Ro-innleachdail tha an t-ùghdarras ionadail air dreuchdan luchd-obrach taic teaghlaich a chruthachadh agus dreuchdan prìomh thidsearan leasaichte. Bidh iad stèidhichte ann an ceithir bun-sgoiltean cuimsichte. Gus fiosrachadh a thoirt do na raointean-ùghdarras aca, chùm an ceannard seirbheis agus oifigear-leasachaidh càileachd airson cothromais buidhnean fòcais neo-fhoirmeil le luchd-ionnsachaidh, pàrantan agus luchd-cùram. Thog seo am feum air taic le ionnsachadh, cothrom bruidhinn ri prìomh neach san sgoil agus tuigse air na dùbhlain a tha ro theaghlaichean.

Tha dreuchdan loidhne-aghaidh leithid prìomh thidsearan airson àireamhachd, cothromas ann an ionnsachadh, teagasg agus luachadh agus cothromas didseatach a-nis air an cur an dreuchd. Chaidh lèirsinn shoilleir an ùghdarras airson mar a thèid sgioba na Maoin Cothromais Ro-innleachdail a chur an sàs a' cleachdadh dòigh-obrach trì-phàirtean de 'thaic, treòrachadh agus neo-eisimeileachd' a cho-roinn leis a h-uile ceannard-sgoile.

Tha an t-ùghdarras ionadail air co-dhùnadh prìomh oifigear leasachaidh fhadastadh aig ìre prìomh thidseir gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh aig a bheil eòlas air cùram. Thèid seo a phàigheadh tron Mhaoin Cothromais Ro-innleachdail, a' ciallachadh gum faigh an neach a thèid fhadastadh cothrom air an t-sùm iomlaid den Mhaoin Cloinne is Dhaoine Òga le Eòlas air Cùram.

Tha ‘Seirbheis Sunnd Teaghlaich’ ùr a’ dol air adhart gu math leis an làn sgioba a-nis air am fastadh agus air an trèanadh. Tha àrdachadh air tighinn air na chaidh a chur chun an sgioba agus tha a-nis còig air fhichead teaghlach ceangailte ris an t-seirbheis. Bithear a’ cleachdadh bun-loidhne frithealaidh agus bun-loidhne `sunnd gus buaidh a thomhas. Tha an t-seirbheis an-dràsta a’ beachdachadh air an dòigh as fheàrr air dàta càileachdail a ghlacadh gus a’ bhuidhe nas fharsainghe air teaghlaichean a shealltainn.

Tha eisimpleirean air mar a thathar a’ cleachdadh an SEF gus eadar-theachdan agus dòighean-obrach a thoirt air adhart air am mìneachadh. Ann am beag-chuid, tha iomradh air tuilleadh adhartais a thaobh buileachadh phlanaichean, riaghladh agus stiùireadh, com-pàirteachadh agus co-chomhairle luchd-ùidh.

Eadar-theachdan agus dòighean-obrach

Chaidh deuchainn atharrachaidh a chur an gnìomh thar ceithir bun-sgoiltean gus sgilean agus misneachd thidsearan] clas 1 na bun-sgoile a thogail airson coinneachadh ri feuman cainnte, cànan agus conalraidh cloinne. Tha Luchd-leasachaidh Cainnt is Cànan air modail coidseadh-co-chomhairleachadh a libhrigeadh còmhla ris na tidsearan clas stèidhichte air trì prògraman (Mothachadh Facail; Teagasg Clann a bhith ag Èisteachd; Sgeul Sgoil-àraich). Tha a’ chiad fhianais a’ sealltainn bhuannachdan ann an sgilean èisteachd is briathrachais na cloinne. Tha tidsearan ag ràdh gu bheil am misneachd agus an sgilean air tighinn air adhart a thaobh tuigsinn agus planadh airson eòlasan agus builean èisteachd is labhairt luchd-ionnsachaidh.

Tha stòras na Maoin Cothromais Ro-innleachdail a’ toirt taic don dà sgoil dùbhlain. Tha an dà sgoil a’ cleachdadh an stòrais seo gus taic a thoirt do phrògraman a th’ ann mar-thà do sgoilearan air an tug bochdainn buaidh agus tha iad a’ taisbeanadh na buaidh a th’ aige le ìrean frithealaidh, ìrean às-dùnaidh agus coileanadh nas fheàrr.

Tha an t-ùghdarras ionadail air cuid den Mhaoin Cothromais Ro-innleachdail aca ath-stiùireadh gus seiseanan ionnsachaidh cuimsichte le taic a chur an sàs. Tha sgoilearan fo bhuidhe bochdainn a dh’fhaodadh a bhith feumach air taic a bharrachd gus co-dhiù aon teisteanas nàiseanta aig ìre còig no nas àirde a choileanadh air an comharrachadh. Tha oifigearan coidsidh agus modailidh cuideachd air a bhith ag obair còmhla ri luchd-obrach feumalachdan taice a bharrachd air dòighean-teagaisg litearrachd agus àireamhachd, a’ ciallachadh gu bheil luchd-ionnsachaidh a’ faighinn taic nas èifeachdaiche.

Tha an t-ùghdarras ionadail air adhartas mòr a dhèanamh ag ath-dhealbhadh dhòighean-obrach a thaobh planadh Maoineachadh Cothromais Ro-innleachdail (SEF). Tha seo ionann ris an dòigh-obrach ga cleachdadh ann am Modail Loidsig SAC gus co-thaobhadh SEF agus prìomh gnìomhachd foghlaim a mheudachadh. Leasaichidh seo gu mòr an comas air gnìomhachd SEF san àm ri teachd a phlanadh mu choinneamh bunait fianais làidir, chunbhalach. Bheir e cuideachd piseach air aithris air buaidh na gnìomhachd seo ann a bhith a’ dùnadh na beàim coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn le barrachd misneachd.

Tha prìomhachasan ann am plana na Maoin Cothromais Ro-innleachdail air a dhol air adhart, ann am pàirt, le bhith a’ fastadh oifigearan -leasachaidh gus a bhith a’ stiùireadh thaobhan de litearrachd, cluich, àrach agus anailis dàta. Tha an t-ùghdarras ionadail air a bhith ag obair gus dùbhlain leithid fastadh agus solar ann an deagh ùine a lùghdachadh. Tha prìomh oifigear air tuilleadh taic a libhrigeadh mu fhrithealadh do na ceithir buidhnean ionadail sgoiltean. Tha barrachd mothachaidh a-nis ann air modhan-obrach a thaobh frithealadh bho air feadh an

ùghdarras agus tha stòrasan co-cheangailte air an cur air adhart agus air an comharrachadh air an ionad-cothromais ionadail. Chaidh seiseanan coidsidh fa leth air frithealadh a chur air dòigh leis na 16 sgoiltean a' gabhail pàirt gus faighinn a-mach a' bhuidh a thig bho ghnìomhachdan atharrachaidh comharraichte. Tha an t-ionad-cothromais didseatach ionadail stèidhichte gu math agus tha cothrom aig sgoiltean agus luchd-obrach meadhain air.

Chaidh pròiseas thabhartasan eadar-theachd SEF a thoirt a-steach. Tha e a' maoineachadh stòrasan, susbaint, agus gnìomhachd gus coileanadh a leasachadh agus com-pàirteachadh agus ùidh a neartachadh am measg luchd-ionnsachaidh gam meas fo bhuidh na beàirn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.

Amasan Sìnidh

Rinn a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail iomradh air adhartas a dh'ionnsaigh amasan sìnidh anns na h-ath cheumnan aca. Dhiubh sin, shònraich còrr air an treas cuid thracadh agus sgrùdadh dàta. Tha fianais a' comharradh, mar a tha pròiseasan dearbhadh càileachd nas làidire gan leasachadh, gu bheil ùghdarrasan ionadail a' lìomhadh am modhan-obrach. Nì còmhradhean eadar sgiobaidhean meadhain, oifigearan agus na sgoiltean aca cinnteach gu bheil fòcas leantainneach air adhartas a thathar a' dèanamh ann a bhith a' ruighinn amasan sìnidh.

Tracadh agus sgrùdadh

Tha an t-ùghdarras ionadail a' dèanamh adhartas cunbhalach ann a bhith a' leasachadh luachan agus pròiseasan a tha mar bhunait air cleachdadh dheas-bhùird airson adhartas a leantainn agus a sgrùdadh.

Bithear a' sgrùdadh is a' tionail dàta frithealaidh agus ga cho-roinn leis a h-uile ionad. Tha ionadan a' cleachdadh an fhiosrachaidh seo gus planaichean gnìomha a dhèanamh airson piseach a thoirt air frithealadh. Tha dàta air ruigsinn ìre ga thracadh gu cunbhalach leis an ùghdarras ionadail airson a h-uile neach-ionnsachaidh aig gach ìre bho ro-sgoil gu deireadh P7. Tha fiosrachadh adhartais a' mìneachadh far a bheil luchd-ionnsachaidh, a thaobh ruigsinn ìrean Curraicealaim airson Sàr-mhathais agus adhartas taobh a-staigh nan ìrean sin, air a chruinneachadh san Dàmhair, san Dùbhlachd, sa Mhàrt agus san Ògmhios.

Le bhith a' toirt a-steach siostam làidir gus adhartas nan amasan sìnidh a thracadh faodaidh an sgioba meadhain sgrùdadh a dhèanamh agus fios air ais a thoirt seachad gach mìos. Tha seo air dèanamh cinnteach gu bheil an t-ùghdarras ionadail fhathast a' cuimseachadh gu soilleir air amasan sìnidh a ruigsinn. Tha dàta a tha a' tighinn am bàrr a' nochdadh ghluasadan adhartach a dh'ionnsaigh leasachadh.

Tha an deas-bhòrd cuideachd ga chleachdadh aig ìre ùghdarras gus ìrean coileanaidh agus adhartas a dh'ionnsaigh amasan iomlan an ùghdarras a thracadh agus a sgrùdadh.

Tha an t-ùghdarras ionadail air inneal Foghlam Farsaing Coitcheann aca fhèin a chruthachadh dhaibh fhèin, a tha a-nis air a chleachdadh leis a h-uile bun-sgoil. Bidh a h-uile sgoil a' cur a-steach ro-innsean airson ìrean Curraicealaim airson Sàr-mhathais airson P1, P4 agus P7 trì tursan sa bhliadhna. Tha an dàta seo, a tha a' gabhail a-steach adhartas a dh'ionnsaigh amasan sìnidh, ga sgrùdadh agus ga iar-sgrùdadh far a bheil sin riatanach. Aig an Àrd-Ìre, tha am manaidsear seirbheis air na siostaman airson thracadh agus sgrùdadh coileanaidh a leasachadh. Tha seo a' gabhail a-steach ath-bhreithneachadh air an adhartas a thathar a' dèanamh a

dh'ionnsaigh ruigsinn nan amasan sìnidh. Tha eadar-theachdan iar-sgrùdadh air an comharrachadh agus air an cur an sàs.

Tha taobhan de riaghladh ag obair gu math, mar eisimpleir, tracadh ghnìomhan sruth-obrach a dh'ionnsaigh amasan sìnidh.

Tha builean gan sgrùdadh tro fhrèam-obrach leasachaidh làidir an ùghdarras ionadail. Tha an t-ùghdarras ionadail ag ràdh gu bheil e dualtach na h-amasan sìnidh a choileanadh airson an dà chuid Ruigsinn Ìrean a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais agus Àrd-Ìre .

Tha plana gnìomha soilleir ann airson amasan sìnidh a bheir taic do sgrùdadh agus tracadh adhartais.

Tha ionnsachadh proifeiseanta air a bhith na fheart cudromach do chuid de dh'ùghdarrasan ionadail. Tha seo air tuigse luchd-stiùiridh a chur am meud air mar a tha dàta aig ìre sgoile a' toirt buaidh air ìrean iomlan an ùghdarras Far a bheil e air a chomharrachadh mar an ath cheum, tha beagan ùghdarrasan ionadail air adhartas a dhèanamh ann a bhith a' tracadh agus a' sgrùdadh frithealadh.

Cuspairean eile

Tha ionnsachadh proifeiseanta air mar a tha sgoiltean fa leth a' cleachdadh dàta air ceannardas a chumhachdachadh agus taic a thoirt do chleachdadh dàta nas èifeachdaiche.

Chaidh bùthan-obrach achumail le sgoiltean comharraichte, stèidhichte air dàta coileanadh airson taic chuimsichte a thaobh tracadh is sgrùdadh. Tha seo a' gabhail a-steach toirt taic do sgoiltean gus mìosachan tracadh is sgrùdadh nas làidire a dhealbhadh agus a bhuileachadh timcheall a' ruigsinn amasan sìnidh. Chaidh coidseadh ann an co-theacsa a thabhand do sgoiltean air an deach cuimseachadh, stèidhichte air dàta coileanadh; tha oifigearan-foghlaim leasachadh càileachd air tadhal air sgoiltean a dh'aona-ghnothach gus taic a chur ri cleachdadh dàta nas èifeachdaiche ann a bhith ag àrdachadh buileachadh agus a' coileanadh nan amasan sìnidh.

Tha dàta sònraichte ga chruthachadh airson gach sgoil a-nis agus tha pròiseasan ann airson anailis a dhèanamh air. Tha dàta ga thoirt do cheannardan-sgoile ro choinneamhan coileanadh agus thathar ga chleachdadh airson fiosrachadh a thoirt do shuidheachadh thargaidean. Mar thoradh air sin, tha e comasach do cheannardan-sgoile a-nis anailis nas doimhne agus eadar-ghearradh a dhèanamh air dàta, agus raointean leasachaidh a chomharrachadh.

Tha taic frithealaidh uile-choitcheann do sgoiltean agus taic chuimsichte stèidhichte air buidhnean sgoiltean air leantainn gu àrdachadh frithealaidh 2 phuing ceudaid eadar an Lùnastal 2022 agus am Faoilleach 2023. Tha an leasachadh seo gu ìre mhòr a rèir an adhartais a chaidh a chuimseachadh tron phròiseas amasan sìnidh ach tha e fhathast nas ìsle na ìrean frithealaidh 2019.

Bidh ionadan, cho math ris an ùghdarras ionadail, a' tracadh agus a' sgrùdadh dàta frithealaidh. Tha barrachd fòcais air a bhith air tracadh agus sgrùdadh frithealaidh ann an àrd-sgoiltean tron phròiseact Maoin Cothromais Ro-innleachdail agus fastadh neach-obrach ceangail teaghlaich le raon-ùghdarras sònraichte air frithealadh anns cha mhòr a h-uile àrd-sgoil. Thar deich sgoiltean, dh'àrdaich 33% de na sgoilearan cuimsichte gu lèir am frithealadh le eadar an Lùnastal 2022 is an Gearran 2023 le cuibheasachd de 13.2%.

Maoin Chloinne is Dhaoine Òga le Eòlas air Cùram

Tha eisimpleirean fìor làidir ann bho ùghdarrasan ionadail air mar a tha an sruth maoineachaidh seo a' toirt deagh bhuidh air clann agus daoine òga a tha air eòlas fhaighinn air cùram. Ann an cuid de dh'eisimpleirean, tha fianais ann gun robh dòighean-obrach co-obrachail agus obair-sgioba deatamach airson builean soirbheachail. Mar eisimpleir, frithealadh, coileanadh agus cinn-uidhe adhartach nas fheàrr.

Ann an cuid eile, 's e ceum math a th' ann a bhith a' dealbhadh ùrlaran didseatach agus deas-bhùird, air am faigh clann is daoine òga cothrom. Faodaidh luchd-ionnsachaidh am beachdan is an soirbheas a cho-roinn agus stòrasan feumail fhaighinn.

Tha dà ùghdarras ionadail a' toirt iomradh air a bhith a' cosg an airgid gus ceannardan-sgoile bhiorail (VHT) fhadhadh. Tha na dreuchdan sin, a tha aca mar-thà ann an àireamh bheag de dh'ùghdarrasan ionadail, a' toirt seachad ìre dhùbhlain a bharrachd a tha air leantainn gu builean nas fheàrr. Tha tuilleadh beachdachaidh ga dhèanamh le beagan ùghdarrasan eile ann a bhith a' stèidheachadh dhreuchdan VHT agus a' rannsachadh nam buannachdan a dh'fhaodadh a thighinn an cois seo.

Ann am beagan eisimpleirean, tha fianais ann gun deach dàimhean soirbheachail a thogail le pàrantan, clann agus daoine òga agus buidhnean eile. Tha dèanamh cinnteach gu bheil co-roinn fiosrachaidh air a cho-dhealbhadh air leantainn gu barrachd com-pàirteachaidh, brosnachaidh agus ùidh. Chaidh aire a thoirt cuideachd gu bhith a' sireadh beachdan na cloinne agus nan daoine òga sin a tha air eòlas fhaighinn air cùram. Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil an guthan air an riochdachadh sa phròiseas planaidh.

Maoineachadh Cloinne is Òigridh le Eòlas air Cùram

Bidh an ceannard-sgoile bhiorail (VHT) agus an sgioba ag obair gu ro-innleachdail gus taic a thoirt do chlann is daoine òga a tha air eòlas fhaighinn air cùram. Tha an sgioba seo, còmhla ri prìomh luchd-obrach na sgoile, a' toirt taic a bharrachd dhaibhsan a tha a' fàgail na sgoile agus clann ann an tràth-bhliadhnaichean. Ann an com-pàirteachas le luchd-ionnsachaidh, tha an sgioba air adhartas a dhèanamh ann a bhith a' comharrachadh ùrlar air-loidhne far an urrainn do luchd-ionnsachaidh am beachdan is an soirbheas a cho-roinn agus stòrasan feumail fhaighinn. Tha an

sgìoba VHT a' leantainn air adhart a' togail dhàimhean adhartach le ioma-bhuidhnean, a' leantainn gu barrachd mothachaidh agus builean is coileanadh nas fheàrr do luchd-ionnsachaidh.

Tha sgioba Cloinne is Òigridh le Eòlas air Cùram (an sgioba CECYP) air obrachadh le co-obrachaidhean bhon sgioba ionnsachaidh didseatach gus inneal pròifileadh a chruthachadh. Tha daoine òga a-nis a' faighinn cothrom air seo gus an soirbheachas fhèin a chlàradh. Tha fiosrachadh coileanaidh fa leth air a ghabhail a-steach san inneal. Faodaidh pàrantan agus luchd-cùraim pròifil an cuid chloinne fhaicinn agus beachdan a thoirt seachad. A bharrachd air sin, chaidh coinneamhan aithris adhartais a thoirt a-steach do phàrantan agus luchd-cùraim. Tha deagh bheachd aig clann agus daoine òga air an dòigh seo air an soirbheachas a chlàradh agus soirbheas a chomharrachadh.

Tha foghlam agus obair-shòisealta air co-obrachadh a neartachadh. Chaidh co-obrachadh dealbhaidh a ghabhail os làimh gus ath-bhreithneachadh a dhèanamh air cleachdadh Maoin Chloinne is Dhaoine Òga le Eòlas air Cùram (CECYP). Mar thoradh air lùghdachadh ann an cleachdadh maoin eachadh com-pàirteachaidh chaidh dreuchd neach-taic foghlaim ùr a chruthachadh. Bheir seo taic do obair an VHT agus don àrd-mhiann airson luchd-ionnsachaidh le eòlas air cùram, mar a tha air a mhìneachadh ann an amasan sinidh an ùghdarras ionadail.

Tha na trì oifigearan coileanaidh a chaidh fhastadh gus ceangal ri clann is òigridh le eòlas air cùram air gluasad gu dreuchdan ùra tron t-seisean. Tha seo air leigeil leis an ùghdarras ath-luachadh a dhèanamh air èifeachdas cleachdadh na maoin roimhe. Tha còmhraidhean a' dol air adhart gus sgrùdadh a dhèanamh air na buannachdan a dh'fhaodadh fastadh VHT a thoirt seachad. Tha Artlink a' leantainn air adhart a' toirt taic do cheithir-deug clann is òigridh le eòlas air cùram. Tha tracadh leis an sgioba eòlas cùraim a' nochdadh cuid de bhuilean adhartach a' gabhail a-steach frithealadh, coileanadh, agus cinn-uidhe adhartach nas fheàrr.

Chaidh adhartas mòr a dhèanamh ann a bhith ag ath-thaobhadh cleachdadh maoin eachadh Cloinne is Òigridh le Eòlas air Cùram (CECYP). Tha tidsear ann a-nis a tha ag obair ann an com-pàirteachas le raon de phroifeiseantaich. Tha seo a' toirt taic do bhuidheann targaid de dhaoine òga a tha an impis cùram fhaighinn. Tha fianais ann gu bheil com-pàirteachadh, brosnachadh agus ùidh nas fheàrr aig na daoine sin. Tha an tidsear fhathast ag obair air dòigh-obrach nas cunbhalach a leasachadh airson taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh comharrachta ann an sgoiltean. Tha obair a' tòiseachadh a-nis gus tuigse fhaighinn air na dùbhlain agus na cnapan-starra mu choinneimh buidheann nas fharsainge de luchd-ionnsachaidh aig a bheil eòlas air cùram. Thèid beachdan chloinne agus dhaoine òga a chruinneachadh agus a chleachdadh gus fiosrachadh a thoirt do dhealbhaidh.

Tha tidsearan a-nis ag obair nas dlùithe leis an oifigear in-ghabhail agus àrd-sgoiltean a' leantainn gu coinneamhan gach teirm airson a h-uile tidsear le raointean-ùghdarras ag obair le clann a tha air eòlas fhaighinn air cùram. Tha tagradh soirbheachail Winning Scotland air leantainn gu trèanadh do thidsearan ann an ceithir sgoiltean gus taic èifeachdach a thoirt do theaghlachan agus sgoiltean; gu sònraichte trèanadh ann an cleachdadh fiosraichte le cruaidh-chàs agus cultar stèidhichte air dòigh-smaoineachaidh fàis. Tha seo air cur ri obair na Maoin Chloinne is Dhaoine Òga le Eòlas air Cùram san raon seo. Bidh an t-oifigear airson in-ghabhail a' sgrùdadh adhartas a dh'ionnsaigh nan amasan sinidh a thaobh às-dùnadh, coileanadh agus frithealadh. Tro cho-chomhairle le sgoiltean, tha an t-oifigear air targaidean a shuidheachadh airson 2022-23 agus air dùbhlain a thoirt do na h-Àrd-mhanaidsearan Ainmichte ann an sgoiltean mu bhith a' leasachadh deagh chleachdadh. Mar thoradh air sin, tha barrachd mothachaidh aig sgoiltean air targaidean coileanaidh airson luchd-ionnsachaidh le eòlas air cùram.

Tha Slighean Brosnachaidh, Dealais agus Foghainteachd, a tha ag amas air barrachd sunnd agus deagh shlàinte-inntinn a bhrosnachadh, a' leantainn air adhart a' toirt deagh bhuidhe air luchd-ionnsachaidh òg. Tha deich acadamaidhean a-nis a' faighinn maoin eachadh bhon Mhaoin Cloinne is Dhaoine Òga le Eòlas air Cùram gus am prògram comhairleachaidh a chumail. Tha obair a' dol air adhart an-dràsta a' sgrùdadh cleachdadh an t-siostaim dàta ùr Power Bi. Bidh seo a' comasachadh tuilleadh comharrachaidh air raointean airson taic agus nì e tomhas air buaidh eadar-theachdan cuimsichte a tha sònraichte do fheumalachdan dhaoine òga le eòlas air cùram.

Roinn 2

Cuspair: Dàta leasachaidh

2.1 Siostaman agus pròiseasan

Tha siostaman airson dàta a chruinneachadh, a thracadh agus anailis a dhèanamh air deatamach ann a bhith a' comharrachadh raointean airson leasachadh, beàrnan coileanadh co-cheangailte ri bochdainn agus adhartas a dh'ionnsaigh buileachadh an SAC.

Siostaman airson cruinneachadh, tracadh agus dèanamh anailis air dàta

Tha siostam cruinneachadh dàta aig a h-uile ùghdarras ionadail ach tha iad gu math eadar-dhealaichte bho chèile a thaobh dealbhadh agus dòighean leantainn. Tha fianais làidir ann gu bheil mòran ùghdarrasan ionadail dealasach a thaobh tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air na siostaman aca. Is e dòigh-obrach chumanta a th' ann a bhith a' leasachadh phasganan dàta no deas-bhòrd gus dàta ìre sgoile a thoirt do ionadan. Am measg prìomh fheartan nam pasganan dàta tha comas sìolaidh a rèir feartan luchd-ionnsachaidh, rud a bhios a' toirt taic do chomharrachadh threandan ann an coileanadh. Ach, bu chòir a thoirt fa-near, ann an cuid de dh'ùghdarrasan ionadail, far nach eil iad sin air an solarachadh, gu bheil sgoiltean a' leasachadh an siostaman fhèin.

Tha ceanglaichean soilleir ann eadar siostaman agus pròiseasan leasachadh càileachd. Mar thoradh air sin, tha siostaman a' toirt fiosrachadh do thaic agus dùbhlàn bho oifigearan meadhain gu sgoiltean a thaobh cleachdadh dàta airson leasachadh. Tha na pròiseasan sin a' sìor thighinn air adhart ach an-dràsta tha iad a' gabhail a-steach tursan dearbhadh càileachd, ath-bhreithneachadh coileanadh agus cothroman cunbhalach airson conaltradh proifeiseanta. Anns na h-eisimpleirean as

fheàrr, tha pròiseasan agus siostaman a' dèanamh cheanglaichean soilleir eadar an dàta agus adhartas a dh'ionnsaigh nan amasan sìnidh agus gan cleachdadh gus tuilleadh phrìomhachasan airson leasachadh a shuidheachadh. Bidh comhairlichean coileanaidh ag obair gu dlùth le ùghdarrasan ionadail gus taic agus dùbhlán a thoirt seachad ann an anailis agus comharrachadh raointean airson leasachadh.

Siostaman

Bidh tracadh dàta a' dèanamh cinnteach à leantainneachd rè amannan tar-ghluasaid leis gu bheil e a' toirt a-steach fiosrachadh eachdraidheil gus taic a thoirt do adhartas agus anailis air treandan. Tha an comas air pròifil an neach-ionnsachaidh gu lèir fhaicinn thar gach roinn san àrd-sgoil feumail airson taic a thoirt do chòmhradh luchd-ionnsachaidh mu roghainnean cuspair. Tha seo a' toirt taic don obair air ùr-ghnàthachadh curraicealaim, gu sònraichte aig an Àrd-Ìre. Tha e cuideachd a' dèanamh soilleir a' bhuidheachd rè slighe an neach-ionnsachaidh agus beàrnannan sam bith aig ìrean sgoile, buidhnean sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail.

Tha an siostam tracaaidh is sgrùdaidh a chruthaich an t-ùghdarras air a chleachdadh leis a h-uile bun-sgoil. Tha dàta ga thogail leis an sgioba meadhain aig trì prìomh phuingeann tron t-seisean. Tha seo a' toirt taic do mheasadh adhartais a dh'ionnsaigh coileanadh nan amasan sìnidh. Far a bheil draghan mu choileanadh ro-mheasta, tha an sgioba meadhain a' dol an sàs ann an tuilleadh conaltradh proifeiseanta le àrd-stiùirichean ann an sgoiltean. Tha anailis air an dàta seo a' fiosrachadh far a bheil feum air stòrasan agus taic a bharrachd bho na diofar shruthan-obrach.

Bithear a' cruinneachadh dàta mu choileanadh is frithealadh còig tursan sa bhliadhna airson a h-uile ìre ann am bun-sgoiltean agus dà uair ann an AS3 tron sgoil, agus siostaman an ùghdarras agus Insight. Bidh an sgioba meadhain a' sgrùdadh an dàta gus cuspairean agus pàtrain chumanta a chomharrachadh. Tha seo air a thriantachadh le coileanadh thar ùine agus air a dheasbad aig coinneamhan buileachaidh aig ionadan agus buidhnean sgoiltean.

Pròiseasan dearbhadh càileachd

Bithear a' bruidhinn air dàta dèanadais mar phàirt de mhodhan dearbhadh càileachd leantainneach, cho math ri fèin-luachadh agus frithealadh sgoile. Mar thoradh air sin, tha dàta air a chleachdadh gus taic agus dùbhlán a thoirt do sgoiltean agus tha e na adhbhar airson prìomhachasan leasachaidh.

Chaidh dòigh-obrach innleachdail airson beachdachadh air dàta a thoirt a-steach tro choinneamhan coileanaidh structaraichte eadar àrd-stiùirichean agus ceannardan-sgoile. Bidh ceannardan-sgoile a' faighinn teampalaid ro-làimh le dàta co-cheangailte ri coileanadh airson an t-suidheachaidh aca, còmhla ri dàta nàiseanta. Tha seo na fhòcas airson deasbad aig a' choinneimh coileanaidh. Bidh ceannardan-sgoile agus oifigearan ùghdarrasan ionadail a' frithealadh àrd-choinneamhan air àrdachadh coileanaidh agus bidh oifigearan a' libhrigeadh taic agus dùbhlán eadar coinneamhan coileanaidh. Tha conaltradh cuimsichte ag àrdachadh dhùilean a thaobh coileanadh agus a' toirt taic do cheannardan-sgoile gus tarqaidean coileanaidh àrd-amasach a shuidheachadh.

Chaidh am frèam-obrach a leasachadh gus toirt a-steach ath-bhreithneachadh coileanaidh fa leth le gach àrd-sgoil a bharrachd air an ath-bhreithneachadh a th' ann mar-thà le bun-sgoiltean. Chaidh ath-bhreithneachadh coileanaidh a chumail ann an teirmean a h-aon agus a trì. Tro theirm a h-aon, choinnich àrd-oifigearan ri ceannardan-sgoile agus àrd-sgiobaidhean stiùiridh sgoile gus ath-bhreithneachadh mionaideach a dhèanamh air dàta coileanaidh, raointean a chomharrachadh far a bheil feum air aire nas cuimsichte, agus taic a chur ri suidheachadh chlachan-mìle co-cheangailte riutha sin. Rinn ath-bhreithneachadh teirm a trì sgrùdadh air adhartas gach sgoile. Aig ìre àrd-sgoile, bha ath-bhreithneachadh a' toirt a-steach sgrùdadh domhainn air dàta Insight a chaidh ùrachadh sa Ghearran 2023. Tha an dòigh-obrach seo a' dèanamh cinnteach gu bheil fòcas làidir an ùghdarras ionadail air àrdachadh coileanaidh agus soirbheachas fhathast na àrd-phrìomhachas ann an gnìomhachd leasachaidh sgoile.

Cleachdadh èifeachdach de dhàta airson buaidh iomairtean a chuimseachadh, a taghadh agus a luachadh.

Tha fianais a' nochdadh gu bheil cleachdadh dàta airson cuimseachadh, taghadh agus luachadh buaidh iomairtean gu mòr ag amas air PEF agus gu tric aig ìre sgoile. Ach, tha fianais a' sior fhàs air dàta a' toirt fiosrachadh do dhealbhadh meadhain airson na Maoin Cothromais Ro-innleachdail. Anns a' mhòr-chuid de dh'eisimpleirean, tha dàta air a shìoladh gus treandan a sgrùdadh agus gus beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhearbhadh, mar sin a' toirt taic do cho-dhùnidhean fiosraichte.

Tha co-cheangal dìreach air a dhèanamh eadar cuairt planadh leasachaidh na sgoile agus/no planaichean PEF agus èifeachdas cleachdadh an dàta. Ann an iomadh cùis, chaidh na pròiseasan sin a neartachadh o chionn ghoirid no thathar gan ath-bhreithneachadh an-dràsta.

Ged a tha comharran adhartais ann, thathas ag aithneachadh gu bheil seo fhathast na raon leasachaidh do mhòran ùghdarrasan ionadail agus sgoiltean. Gu sònraichte, faodaidh an comas sgrùdadh agus luachadh a dhèanamh air buaidh iomairtean air luchd-ionnsachaidh a bhith caochlaideach.

Cuimseachadh, taghadh agus luachadh buaidh iomairtean

Tha an t-Inneal 'Dùnadh na Beàirn Planadh agus Tracadh Eadar-theachdan air a chleachdadh le sgoiltean gus eadar-theachdan a sgrùdadh a' gabhail a-steach PEF. Tha an t-inneal a' toirt seachad fiosrachadh a' gabhail a-steach an àireamh de luchd-ionnsachaidh cuimsichte, seòrsaichean eadar-theachd, raon fheumalachdan agus buaidh iomlan an PEF. Ann an 2021-22, chaidh an t-inneal a chleachdadh gu soirbheachail gus luachadh a dhèanamh air buaidh eadar-theachdan a chaidh a libhrigeadh do chòrr air 4,200 neach-ionnsachaidh.

Tha dàta air a chleachdadh gu h-èifeachdach gus comharrachadh far a bheil feum air taic agus eadar-theachdan SEF. Mar thoradh air pròiseas fèin-luachaidh le fiosrachadh dàta thachair eadar-theachdan sònraichte ann an raointean cuimsichte le taic meadhain bho litearrachd agus àireamhachd.

Tha dàta ga chleachdadh barrachd is barrachd airson dealbhadh ro-innleachdail a stiùireadh. Mar eisimpleir, ann an sia sgoiltean, air an comharrachadh le beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn ann an àireamhachd, tha an SEF a' libhrigeadh taic gus dèiligeadh ris a' bheàrn seo. Ged a tha iad aig na h-ìrean tòiseachaidh, tha comharran ann gu bheil a' cleachdadh dàta gu leantainneach gus an obair seo a stiùireadh agus gus a' bhuidh a mheasadh.

Chaidh seiseanan tadhal a-steach a chumail air na h-amasan sìnidh a bharrachd air còmhraidhean aig coinneamhan cheannardan, cho math ri anailis air dàta ath-bhreithneachaidh cuspaireil airson sgoiltean C1. Bithear a' bruidhinn air an dàta gach teirm aig coinneamhan sgioba dèanadais is leasachaidh agus gach mìos tron bhòrd ro-innleachd cothromais. Tha seo air leantainn gu barrachd taic chuimsichte ann an sgoiltean.

Tha anailis air planaichean PEF na sgoile leis na h-ìrean as àirde de bhochdainn a' sealltainn gu bheil iad uile a' cleachdadh dàta gu math gus targaidean agus eadar-theachdan a thaghadh airson builean a leasachadh do chlann agus daoine òga air a bheil bochdainn a' toirt buaidh. Tha an lionra ceangail teaghlaich air sreath de theamplaidean dàta a chruthachadh gu h-èifeachdach gus taic a thoirt do anailis chunbhalach air dàta buaidh.

Taic bho luchd-anailis dàta gus beàrnan co-cheangailte ri bochdainn a chomharrachadh agus a sgrùdadh

Tha neach-anailis no sgioba anailis dàta aig a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail gus dàta a riaghladh agus anailis a dhèanamh air aig ìre meadhain. Ach, far nach eil cothrom air seo, tha cruinneachadh, pròiseasadh, tional agus mìneachadh dàta air a stiùireadh le oifigearan meadhain. Ann am beag-chuid de shuidheachaidhean, tha seo air a chomharrachadh mar chunnart air sgàth dùbhlain a thaobh comas.

Uile gu lèir, far a bheil neach no sgioba sònraichte ann, tha grunn ionannachdan ann a thaobh mar a tha iad a' toirt taic do chleachdadh dàta airson leasachadh agus comharrachadh agus sgrùdadh bheàrnan. Tha iad seo a' gabhail a-steach:

- Cruthachadh agus liomhadh shiostaman agus dòighean-leantainn sònraichte
- Tional dàta a dh'fhaodar a shìoladh a rèir feartan luchd-ionnsachaidh, a' gabhail a-steach coileanadh, frithealadh agus deamografachd
- Dèanamh phasganan dàta no deas-bhòrd airson an cleachdadh an dà chuid sa mheadhan agus aig ìre sgoile
- Anailis agus taisbeanadh dàta gus treandan, coimeasan agus comharrachadh bheàrnan a nochdadh

Gu ìre nas lugha, tha dreuchdan luchd-anailis dàta sònraichte cuideachd a' toirt taic do libhrigeadh ionnsachadh proifeiseanta ann an cleachdadh shiostaman agus ann a bhith a' tuigsinn an dàta. Ann an cuid de chùisean, tha na dreuchdan sin air am maoinachadh leis an SEF gus taic a thoirt do chleachdadh dàta ann a bhith a' buileachadh an SAC.

Luchd-anailis dàta

Tha neach-anailis dàta air a bhith aig an ùghdarras airson grunn bhliadhnaichean. O chionn ghoirid tha neach-anailis dàta a bharrachd air obair còmhla ris an oifigear-leasachaidh càileachd le raon-ùghdarras airson anailis dàta ro-innleachdail. Tha uallach orra airson a bhith a' tionail, a' dèanamh anailis, a' roinneadh agus a' sgaoileadh thairis air an t-siostam. Tha seo a' ciallachadh gu bheil seata dàta cunbhalach aig ionadan agus tha e a' toirt cothrom do sgoiltean agus oifigearan meadhain tuigse nas fheàrr a bhith aca air coileanadh, frithealadh agus às-dùnadh.

Tha an neach-anailis dàta, a tha air fhadhadh bhon Mhaoin Cothromais Ro-innleachdail, a' cur taic ri tuilleadh leasachaidh air deas-bhùird. Bheir seo seachad fiosrachadh a tha sònraichte do cho-theacsa airson a h-uile sgoil.

Tha sgioba dàta aig an ùghdarras gus taic a thoirt don ùghdarras, àrd-stiùirichean agus luchd-dreuchd le cleachdadh agus mineachadh dàta. Bidh an sgioba dàta a' dèanamh agus a' cur a-mach pasganan dàta fa leth airson gach sgoil do cheannardan-sgoile.

Tha an SEF an-dràsta a' maoineachadh dà neach-anailis dàta a leasaicheas innealan gu h-èifeachdach gus taic a thoirt do chleachdadh dàta a bharrachd air a bhith a' toirt taic aon-ri-aon do sgoiltean air litearrachd dàta. Bidh sgioba de cheannardan-sgoile cuideachd a' toirt taic chunbhalach do chàch gus sgilean litearrachd dàta a leasachadh.

Tha an neach-anailis dàta air pasgan dàta ullachadh airson a h-uile sgoil. Chaidh an fheum airson seo a chomharrachadh tro thursan leasachaidh agus ath-bhreithneachadh air sgrìobhainnean planaidh. Chomharraich e nach robh cuid de sgoiltean comasach air beàrnan coileanaidh agus coileanadh co-cheangailte ri bochdainn innse thar ùine. Tha am pasgan a' toirt seachad am fiosrachadh seo agus a' dèanamh coimeas ri staitistig ionadail agus nàiseanta comasach. Tha an dàta seo a' toirt taic do cheannardan-sgoile gus measgachadh de dhàta a chleachdadh airson Maoineachadh Cothromais nan Sgoilearan a chuimseachadh nas èifeachdaiche.

Tha an t-oifigear-leasachaidh dàta an-dràsta a' cruthachadh inneal tracaoidh is sgrùdaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil tar-shealladh air adhartas mu choinneamh a h-uile pròiseact co-obrachail co-cheangailte ri dàta. Thathas cuideachd a' cruthachadh inneal gus taic a thoirt do àrd-sgoiltean ann a bhith a' suidheachadh amasan sìnidh.

Neartachadh shiostaman agus phròiseasan

Anns cha mhòr a h-uile ùghdarras ionadail, tha fòcas leantainneach air a bhith a' liomhadh shiostaman agus pròiseasan no tha seo air a chomharrachadh mar raon a tha feumach air tuilleadh leasachaidh.

Tha cuideam leantainneach ann air neartachadh agus atharrachadh shiostaman agus dòighean-obrach. Sa mhòr-chuid, tha seo le sùil ri dàta a sgioblachadh agus beàrnan co-cheangailte ri bochdainn a chomharrachadh gu ceart. Tha mòran ùghdarrasan ionadail a' toirt iomradh air ceanglaichean soilleir eadar ionnsachadh proifeiseanta agus cleachdadh dàta èifeachdach. Far a bheil seo air a bhith soirbheachail, tha ceannardan-sgoile ag aithris barrachd misneachd ann an cleachdadh agus tuigse dàta agus, gu ìre nas lugha, luchd-cleachdaidh. Ach, tha seo fhathast na raon leasachaidh do mhòran.

Ann am beag-chuid de dh'ùghdarrasan, tha feum air modaratarachd agus breithneachadh proifeiseanta thidsearan a leasachadh. Bheir seo taic do thracadh agus sgrùdadh agus leanaidh e gu dàta nas cinntiche. Mar thoradh air sin, bu chòir barrachd misneachd a bhith ann a thaobh dòighean-obrach a chuireadh agus buaidh a thomhas.

2.2 Foghlam Farsaing Coitcheann

Tha coileanadh ann am Foghlam Farsaing Coitcheann (BGE) stèidhichte air an àireimh sa cheud de luchd-ionnsachaidh a tha ùghdarrasan ionadail ag aithris a fhuair Ìrean a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais (ACEL) ann an litearrachd agus àireamhachd. A rèir nan amasan sinidh, chaidh dàta a chruinneachadh co-cheangailte ri ìrean coileanaidh airson P1, 4 agus 7 airson litearrachd agus àireamhachd.

Tomhas na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn

Aig ìre nàiseanta, tha a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn ga tomhas le bhith a' dèanamh coimeas eadar coileanadh luchd-ionnsachaidh a tha a' fuireach ann an còigeamhail a h-aon (C1) ris an fheadhainn a tha a' fuireach ann an còigeamhail a còig (C5). Bidh a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail a' cleachdadh an tomhais seo cuideachd.

Ach, bidh cairteal a' beachdachadh air tomhasan eile nuair a thathar a' comharrachadh agus a' sgrùdadh beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn. Airson nan ùghdarrasan ionadail sin, tha àireamh neo-chothromach de luchd-ionnsachaidh ann an C1 an taca ri C5. Mar eisimpleir, tha glè bheag de luchd-ionnsachaidh aig cuid ann an C1, no chan eil gin idir, agus tha cuid eile le àireamh glè àrd de luchd-ionnsachaidh ann an C5.

Am measg nan tomhasan eile tha na leanas:

- Dèanamh coimeas eadar coileanadh luchd-ionnsachaidh C1 agus coileanadh luchd-ionnsachaidh ann an C2-5
- Dèanamh coimeas eadar coileanadh luchd-ionnsachaidh C1 is 2 agus coileanadh luchd-ionnsachaidh ann an C5
- Dèanamh coimeas eadar coileanadh luchd-ionnsachaidh C1 is 2 agus coileanadh luchd-ionnsachaidh ann an C3-5
- Dèanamh coimeas eadar coileanadh luchd-ionnsachaidh a tha a' faighinn biadh sgoile an-asgaidh agus an fheadhainn nach eil

Tha adhbharan soilleir ann carson a tha deamografachd ionadail a' ciallachadh gum feumar dòighean eadar-dhealaichte gus beàrnan co-cheangailte ri bochdainn a sgrùdadh. Ach, bu chòir a thoirt fa-near, far a bheilear a' dèanamh coimeas eadar an luchd-ionnsachaidh as beartaiche a' fuireach ann an C5 agus an fheadhainn as bochda ann an C1, gu bheil beàrnan dualtach a bhith nas motha na nuair a thathar a' dèanamh coimeas eadar buidhnean nach eil cho diofraichte leithid C1 is 2 còmhla an coimeas ri C3-5 còmhla. Tha e dùbhlach co-dhùnaidhean a tha làidir gu staitistigeil a dhèanamh le leithid de chaochladh dhòighean-obrach. Ach, bhon dàta a tha ri fhaighinn chaidh cuid de leasachaidhean a chomharrachadh.

Coileanadh Litearrachd (P1, 4 is 7 còmhla)

Dh'aithris cha mhòr a h-uile ùghdarras ionadail gun tàinig piseach air coileanadh iomlan ann an litearrachd bho 2020-21 gu 2021-22. Far an deach coimeas a dhèanamh le coileanadh ron ghalar lèir-sgaoilte, sheall cha mhòr an treas cuid de dh'ùghdarrasan ionadail adhartas ann an 2021-22.

Far an deach iomradh a dhèanamh air a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn, chunnaic mòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail a' bheàrn a' lùghdachadh ann an 2021-22 an taca ri 2020-21. Sheall beagan dhiubh beàrn nas lugha na tha air a chomharrachadh le dàta ron ghalar lèir-sgaoilte.

Coileanadh Àireamhachd (P1, 4 is 7 còmhla)

Dh'aithris a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail gun tàinig piseach air coileanadh iomlan ann an àireamhachd bho 2020-21 gu 2021-22. Far an deach coimeas a dhèanamh le coileanadh ron ghalar lèir-sgaoilte, sheall an ceathramh cuid de dh'ùghdarrasan ionadail adhartas ann an 2021-22.

Far an deach iomradh a thoirt air a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn, chunnaic a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail a' bheàrn a lùghdachadh ann an 2021-22 an taca ri 2020-21. Sheall beagan dhiubh beàrn nas lugha na tha air a chomharrachadh le dàta ron ghalar lèir-sgaoilte.

Dòighean airson dèiligeadh ris a' bheàrn co-cheangailte ri bochdainn

Thathas a' cleachdadh diofar dhòighean gus dèiligeadh ri beàrnan coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn. Chaidh eadar-theachdan sònraichte litearrachd is àireamhachd a chomharrachadh.

Eadar-theachdan litearrachd agus àireamhachd

Tha a' bhuidheann ro-innleachd cothromais air cuimseachadh air litearrachd am-bliadhna agus tha iad a' leasachadh frèam-obrach litearrachd cothromach airson tràth-bhliadhnaichean agus bun-sgoiltean. Tha planaichean PEF airson sgoiltean a' nochdadh gu bheil cha mhòr a h-uile sgoil leis na h-ìrean as àirde de bhochdainn a'

cur fòcas air litearrachd agus àireamhachd agus a' teagasg bhuidhnean nas lugha ann an dòigh nas cuimsichte.

Tha sia sgoiltean a chaidh a chomharrachadh leis a' bheàrn coileanadh as motha co-cheangailte ri bochdainn ann an àireamhachd, a-nis le eadar-theachdan cuimsichte a bharrachd aca, air am maoinachadh le SEF. Tha dàta ga chruinneachadh gu cunbhalach aig ìre sgoile agus oifigear meadhain gus fiosrachadh a thoirt seachad mun bhuidh agus na h-ath cheumannan.

Thèid cuibhreann mòr den Mhaoineachadh Cothromais Ro-innleachdail a chleachdadh gus dòigh-obrach dhian a chur an gnìomh airson ionnsachadh agus teagasg ann an litearrachd a leasachadh. Tha amasan a' toirt a-steach a h-uile neach-dreuchd a bhith air an trèanadh ann an saidheans leughaidh agus gach neach-ionnsachaidh a' fàgail na sgoile le prìomh sgilean leughaidh a tha riatanach airson na slighe a thagh iad. Bidh ionnsachadh proifeiseanta leantainneach air a lìbhrigeadh le prìomh thidsear àireamhachd fhathast a' tachairt.

Tha an t-ùghdarras ionadail air oifigear àireamhachd fhastadh gus obair le sgoiltean airson coileanadh a leasachadh. Tha seo air cur ri piseach ann an ìrean coileanadh iomlan.

Chaidh àite oifigearan meadhain ùghdarrasan ionadail a chomharrachadh gu cuideachd. Tha fianais a' nochdadh gu bheil dèiligeadh ri beàrnan co-cheangailte ri bochdainn a' tighinn gu bhith na phàirt fhreumhaichte de phròiseasan dearbhadh càileachd ùghdarrasan ionadail.

Dearbhadh Càileachd

Tha pròiseas leasachadh càileachd cunbhalach air a thoirt a-steach agus ga stèidheachadh thar roinnean na bun-sgoile agus tràth-bhliadhnaichean. Tha seo a' toirt chothroman cunbhalach do oifigearan meadhain agus ceannardan-sgoile a dhol an sàs le àrd-sgiobaidhean stiùiridh a' tabhann taic agus dùbhlann a thaobh cuimseachadh agus buaidh eadar-theachdan PEF agus SEF.

Far a bheil e iomchaidh, tha oifigearan meadhain a' cumail orra a' toirt taic chuimsichte do sgoiltean agus a' cumail fòcas air cur às do na beàrnan coileanadh co-cheangailte ri bochdainn.

Bidh an t-ùghdarras a' cumail choinneamhan lionra cothromais bun-sgoile gu cunbhalach agus tha iad seo air an deagh fhreumhachadh. A bharrachd air sin, tha coinneamhan cheannardan bun-sgoile ann cho math ri tursan cothromais bho luchd-obrach meadhain agus Foghlam Alba, agus tursan taic bho phrìomh oifigearan ceangail càileachd.

Am-measg dhòighean-obrach eile a tha a' toirt buaidh mhath tha tracadh agus modaratarachd nas fheàrr, co-obrachadh tro lionraidhean agus ceannardas nas fheàrr.

Dòighean-obrach eile

Rinneadh oidhirp sheasmhach airson cleachdadh dàta a leasachadh gus eadar-theachdan a chuimseachadh gu h-èifeachdach. Le bhith a' cleachdadh shiostaman tracadh èifeachdach, faodaidh ceannardan luchd-ionnsachaidh aithneachadh gu sgiobalta nach eil a' dèanamh adhartas mar bu chòir agus dèanamh cinnteach gu

bheil iad nam pàirt de 'dh'eadar-theachdan bhuidhnean beaga' SEF gus dèiligeadh ri beàrnannan ann an ionnsachadh.

Tha an t-ùghdarras air a bhith ag obair còmhla ri oifigear Frèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta Foghlam Alba gus taic a thoirt do thrèanadh QAMSOan, a tha a' toirt taic do mhisneachd agus breithneachadh proifeiseanta thidsearan.

Tha buidhnean com-pàirteachas ionnsachaidh cheannardan-sgoile a' leantainn orra le conaltradh proifeiseanta gus cleachdadh a cho-roinn agus taic a thoirt do mhodaratarrachd planadh leasachaidh agus aithris bhliadhnail. Tha lionraidhean nan curaidhean litearrachd agus matamataig a' libhrigeadh taic chuimsichte gu h-èifeachdach.

Ann an àireamhachd agus litearrachd, faodar an t-àrdachadh ann an coileanadh a bhith gu ìre air sgàth fòcas air feadh an t-siostaim air leasachadh ceannardais aig gach ìre. Tha seo air a bhith a' gabhail a-steach cleachdadh nas cunbhalach de mhodhan oide-eòlais, frèaman-obrach adhartais agus àrdachadh càileachd ann am breithneachadh thidsearan.

2.3 Àrd-Ìre

Tha an anailis agus na coimeasan anns gach taobh den roinn seo stèidhichte air an fhiosrachadh a gheibhear bho gach ùghdarras ionadail.

Is dòcha gun tug an galar lèir-sgaoilte COVID-19 buaidh air cuid de choimeasan agus treandan nan toraidhean. Tha cleachdadh tuairmsean thidsearan ann an 2020 agus am Modail Teisteanais Eile ann an 2021 air leantainn gu diofar phàtranan coileanaidh an taca ri 2022 agus coileanadh ron ghalar lèir-sgaoilte.

Tomhas na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn

Bidh a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail a' dèanamh coimeas eadar toraidhean luchd-ionnsachaidh ann an còigeamhail a h-aon (C1) agus còigeamhail a còig (C5) nuair a thathar a' dèanamh anailis air a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn. Ann am beagan chùisean, mar thoradh air na co-theacsan sònraichte aca, thathas a' dèanamh coimeasan eile. Tha seo a' gabhail a-steach coimeas a dhèanamh eadar coileanadh an fheadhainn a tha a' faighinn biadh-sgoile an-asgaidh leis an fheadhainn nach eil, agus a' dèanamh coimeas eadar coileanadh luchd-ionnsachaidh a tha a' fuireach ann an C1 agus luchd-ionnsachaidh a tha a' fuireach ann an C2–C5.

Ann an aon ùghdarras ionadail chan eil luchd-ionnsachaidh sam bith a' fuireach ann an C1 agus àireamhan glè bheag a' fuireach ann an C2 agus C5. Tha an t-ùghdarras seo, le taic bhon chomhairliche coileanaidh, an-dràsta a' beachdachadh air mar a dh'fhaodar beàrnannan a thathar a' faicinn a sgrùdadh agus aithris nas mionaidiche a dhèanamh orra.

1 no barrachd theisteanasan Ìre 5 (pas A - C Nàiseanta SQA)

Coileanadh iomlan

Airson na mòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail chaidh coileanadh iomlan san tomhas seo sìos ann an 2021-22 an taca ri dàta bho 2020-21. Ach, far an deach coimeas a dhèanamh, sheall a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan leasachadh air coileanadh ron ghalar lèir-sgaoilte. Far a bheil e ann, tha seo a' daingneachadh an spionnadh agus an dealais airson ath-bheothachadh agus adhartas a luathachadh san ath cheum de Dhùbhlán Coileanaidh na h-Alba ùraichte.

Beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn

Far an deach coimeas a dhèanamh eadar dàta 2020-21 agus 2021-22, leudaich a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn anns a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail. Ach, far a bheil a' bheàrn seo air lùghdachadh, tha leasachaidhean ann an dèanadas farsaing. Tha e cudromach aire a thoirt do bhuidhean a' ghalair lèir-sgaoilte nuair a thathar a' beachdachadh air seo.

1 no barrachd theisteanasan Ìre 6 (pas A - C Nàiseanta SQA)

Coileanadh iomlan

Airson cha mhòr a h-uile ùghdarras ionadail chaidh coileanadh iomlan san tomhas seo sìos ann an 2021-22 an taca ri dàta bho 2020-21. Ach, far an deach coimeas a dhèanamh, sheall a' mhòr-chuid leasachadh ann an coileanadh an taca ri coileanadh ron ghalar lèir-sgaoilte.

Beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn

Far an deach coimeas a dhèanamh eadar dàta 2020-21 agus 2021-22, leudaich a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn anns a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail. Ann an 2022, leudaich a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn le figearan a' dol bho 0.2 phuing ceudaid gu 19 puingeann ceudaid. Ach, far an deach coimeas a dhèanamh ri coileanadh ron ghalar lèir-sgaoilte, tha dàrna leth nan ùghdarrasan ionadail air a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a lùghdachadh.

Tomhas Com-pàirteachaidh Bliadhnail

Far an deach coimeas a dhèanamh eadar dàta bho 2021 agus 2022, tha a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail air àrdachadh fhaicinn anns an àireamh sa cheud de luchd-fàgail na sgoile ann am foghlam, trèanadh no cosnadh mar a chaidh a chlàradh le Leasachadh Sgìlean na h-Alba.

Far an deach a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a mhineachadh, chaidh aig dàrna leth nan ùghdarrasan ionadail air a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh an taca ri dàta 2021.

A' dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn

Tha beagan eisimpleirean gan innse de dhòighean-obrach gan cleachdadh gus coileanadh iomlan a leasachadh agus a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn aig Àrd-Ìre a dhùnadh.

Tha ro-innleachdan a' gabhail a-steach dèanamh cinnteach gu bheil curraicealam na h-Àrd-Ìre nas sùbailte agus a' ceadachadh raon nas motha de shlighean adhartais taobh a-staigh raointean a' churraicealaim. Tha aon ùghdarras ionadail air buannachdan mòra fhaicinn do luchd-ionnsachaidh le bhith ag àrdachadh na tairgse curraicealaim aig an Àrd-Ìre le raon farsaing de Phreantasachdan Bun-ìre. Tha seo air leantainn gu àrdachadh ann an coileanadh iomlan agus lùghdachadh sa bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn. Ann an eisimpleir eile, chaidh barrachd cuideim a chur air conaltradh le luchd-ionnsachaidh gus coimhead air cnapan-starra a bheir buaidh air coileanadh aig an Àrd-Ìre agus a bhith a' cumail suas ceann-uidhe adhartach. Le bhith a' conaltradh ris a' bhuidhinn com-pàirteachaidh òigridh, tha an t-ùghdarras an dùil am fiosrachadh a chaidh a chruinneachadh a chleachdadh gus taic a thoirt do phlanadh san àm ri teachd.

Tha fianais ann gun deach cumhachd a thoirt do sgoiltean na ro-innleachdan aca fhèin a dhealbh gus coileanadh a leasachadh dha na h-uile agus beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh a tha sònraichte don cho-theacsa aca.

Cumhachdachadh

Ann an 2020-21 ghabh còrr air 800 oileanach os làimh Preantasachd Bun-ìre (FA) mar phàirt den Àrd-Ìre aca. Bha an àireamh sa cheud de luchd-fàgail a fhuair Ìre SCQF 5 no nas àirde 5.2 puingeann ceudaid nas àirde na a' chuibheasachd nàiseanta, le 100% den luchd-fàgail a chrìochnaich FA ann an cinn-uidhe adhartach. Tha dàta airson 2020-21 a' nochdadh nach eil beàrn coileanaidh cudromach ann airson luchd-ionnsachaidh a chuir crìoch air FA.

Thathas an dùil gun àrdaich obair gus slighean ionnsachaidh iomchaidh gu foghlam, trèanadh agus cosnadh a leasachadh agus a neartachadh an àireamh sa cheud de dhaoine òga a gheibh ìre A-C aig SQA Nàiseanta.

O chionn ghoirid ghabh 'Buidheann Gnìomha is Crìochnachaidh' ioma-bhuidhneach gus cinn-uidhe adhartach a leasachadh an sàs ann an eacarsaich mapaidh gus soilleireachd a thoirt seachad air carson agus càite a bheil daoine òga an sàs san ùghdarras ionadail. Tha beachdan dhaoine òga deatamach ann a bhith a' tuigsinn nan cnapan-starra agus nam fuasglaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann gus cinn-uidhe adhartach a ruigsinn. Rinn a' bhuidheann com-pàirteachaidh òigridh ath-bhreithneachadh air gnìomhachd làithreach mu chom-pàirteachadh agus chuir iad

ri chèile gnìomh ‘Sguir/Tòisich/ Glèidh. Bidh ‘a’ Bhuidheann Gnìomha is Criochnachaidh’ a’ toirt a-steach beachdan dhaoine òga na dealbhadh.

Tha còmhraidhean le sgioba na h-Àrd-Ìre a’ nochdadh obair leantainneach gus eadar-theachd thràth a mheudachadh agus barrachd sùbailteachd a chur don churraicealam gus slighean adhartais nas fheàrr a sholarachadh ann an raointean curraicealaim, gu sònraichte aig ìrean SCQF 4-6.

Bidh fastadh prìomh thidsearan anns gach àrd-sgoil aig a bheil raon-ùghdarras a bhith a’ tracadh agus a’ sgrùdadh adhartas anns na tomhasan sin a’ stiùireadh leasachadh ann an coileanadh iomlan agus a’ lùghdachadh na beàirn.

2.4 Adhartas a dh’ionnsaigh amasan sìnidh

Is e prìomh phàirt den Fhrèam-obrach airson Ath-bheothachadh agus Luathachadh Adhartais an riatanas air ùghdarrasan ionadail amasan sìnidh a shuidheachadh. Chaidh cruinneachadh an dàta seo fhoillseachadh ann an Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba - amasan sìnidh ionadail 2022 gu 2023.

Adhartas a dh’ionnsaigh amasan sìnidh ùghdarrasan ionadail a ruigsinn

Cha mhòr a h-uile ùghdarras ionadail a’ dèanamh adhartas a dh’ionnsaigh cuid de na h-amasan sìnidh aca a ruigsinn. Tha fianais a’ nochdadh gu bheil a’ mhòr-chuid de dh’ùghdarrasan ionadail air an t-slighe gus targaidean a chaidh a chomharrachadh airson ìrean ACEL còmhla ann am P1, 4 agus 7 a ruigsinn, gu tric ann an litearrachd agus àireamhachd. Tha comharran dòchasach, ann am beagan ùghdarrasan ionadail, gu bheil a’ bheàrn co-cheangailte ri bochdainn ann an coileanadh P1, 4 agus 7 còmhla a’ tòiseachadh a’ lùghdachadh.

A thaobh na h-Àrd-Ìre, tha comharran tràtha ann air adhartas. Ach, gus an tèid dàta an luchd-fàgail fhoillseachadh, chan urrainn do ùghdarrasan ionadail fhathast ro-innse le misneachd mu adhartas a dh’ionnsaigh nan amasan sìnidh.

Chomharraich a’ mhòr-chuid de dh’ùghdarrasan ionadail frithealadh agus/no às-dùnadh mar phàirt den amas sìnidh aca airson slàinte is sunnd. Tha fianais làidir ann gu bheil, don mhòr-chuid, frithealadh fhathast na adhbhar dragh. Am measg nam factaran a chaidh ainmeachadh a chuir ri seo tha gun robh cùisean COVID-19 agus tinneasan eile a’ sìor nochdadh, gu sònraichte thar a’ gheamhraidh. Tha sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail a’ leantainn orra ag obair gu farsaing agus ann an com-pàirteachas le proifeiseantaich eile gus dèiligeadh ri ìrean frithealaidh. Tha tuilleadh obrach gus ìrean às-dùnaidh a leasachadh air a chomharrachadh ann am beag-chuid de dh’ùghdarrasan ionadail.

Bu chòir a thoirt fa-near, ann am beagan ùghdarrasan ionadail, gu bheil e a' tighinn am bàrr gur dòcha gun robh na h-amasan sinidh bliadhna a h-aon aca ro àrd-mhiannach sa chiad phàirt den dòigh-obrach seo.

Adhartas a dh'ionnsaigh amasan sinidh

Chaidh amasan sinidh a chomharrachadh agus aontachadh tro phròiseas co-chomhairleachaidh le ceannardan-sgoile. Rinn seo cinnteach gun robh ceannardan-sgoile soilleir mu na targaidean airson an t-seisein seo. Tha na targaidean rim faicinn ann am planaichean leasachaidh na sgoile, a' cumail fòcas leasachaidh soilleir.

Bithear a' sgrùdadh dàta frithealaidh is às-dùnaidh gach mìos gus sùil a chumail air adhartas a thaobh nan amasan sinidh airson slàinte is sunnd. Tha na ceumannan seo fhathast nan adhbhar dragh do sgoiltean agus don ùghdarras. Bu chòir do leasachaidhean ann an obair com-pàirteachais le sgoiltean air feadh an ùghdarras taic a thoirt do leasachadh frithealaidh agus às-dùnaidh.

Mar phàirt den mhìosachan dearbhadh càileachd, tha còmhraidhean air dàta agus amasan sinidh a' tachairt eadar ceannardan-sgoile agus oifigearan-leasachaidh càileachd. Tha seo air a bhith èifeachdach ann a bhith a' dèanamh anailis air dàta dèanadas sgoilearan làithreach agus air a ro-innse, agus ann a bhith a' suidheachadh targaidean coileanaidh airson cohortan agus buidhnean fa leth. Tron chòmhradh seo, tha ceannardan a' faighinn taic agus dùbhlán gus beachdachadh air neo-mhearachdachd bhreithneachaidhean, modhan measaidh agus na h-ath cheumannan. Thug tursan 'Sàr-mhathas ann an Cothromas' gu gach àrd-sgoil cothrom do cheannardan an anailis air coileanadh, neartan agus raointean leasachaidh a thaisbeanadh.

Tha obair gus dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn agus coinneachadh ri amasan sinidh air a stiùireadh leis a' bhuidhinn ro-innleachd ath-leasachadh coileanaidh, mar phàirt den chlàr ath-leasachaidh agus ath-bheothachaidh. Tha an obair leasachaidh a rinn a' bhuidheann seo a' faighinn taic bhon Cho-obrachadh Leasachaidh Chloinne is Dhaoine Òga agus a' stèidheachadh modh-obrach leasachadh càileachd. Tha a' bhuidheann seo a' toirt còmhla proifeiseantaich bho na tràth-bhliadhnaichean, sgoiltean agus seirbheisean eile gus dèanamh cinnteach gu bheil dòigh-obrach chiallach ann a thaobh leasachaidhean a thathar a' gabhail os làimh le clann is teaghlaichean ann an obair-shòisealta agus na seirbheisean cloinne san fharsaingeachd.

Tracadh agus sgrùdadh amasan sinidh

Tha ùghdarrasan ionadail a' leantainn orra a' cleachdadh raon de phròiseasan gus tracadh a dhèanamh air agus sùil a chumail air adhartas a dh'ionnsaigh amasan sinidh.

Mar as trice, bidh dàta ACEL air a chruinneachadh aig prìomh phuingeann tron bhliadhna. Bidh tricead a' chruinneachaidh ag atharrachadh eadar ùghdarrasan ionadail. Tha fianais làidir ann gu bheil anailis air seo a' faighinn taic bho phròiseasan dearbhadh càileachd leantainneach a' gabhail a-steach tursan sgoile agus conaltradh proifeiseanta le sgoiltean fa leth. Mar thoradh air sin, tha misneachd ann an neart an dàta a bheir fiosrachadh don adhartas a dh'ionnsaigh àireamhachd

agus litearrachd ann am P1, 4 is 7. Tha obair a' dol air adhart gus dèanamh cinnteach à cunbhalachd ann am breithneachadh proifeiseanta agus ann am modaratarachd. Mar thoradh air sin, tha fianais ann gu bheil barrachd tuigse agus misneachd aig luchd-dreuchd ann an cuid de dh'ùghdarrasan ionadail.

Bidh sgrùdadh dàta frithealaidh mar as tric a' tachairt gach mìos.

Chan eil mòran fianais air dòighean-obrach cunbhalach ann a thaobh tracadh agus sgrùdadh amasan sinidh na h-Àrd-Ìre aig ìre ùghdarras ionadail. Bidh a' mhòr-chuid a' sgrùdadh seo tron dàta theisteanasan nàiseanta a thèid fhoillseachadh san Lùnastal. Far a bheil seo a' tachairt, chaidh fuasglaidhean nas sònraichte a leasachadh airson seo leithid ath-bhreithneachadh coileanadh sònraichte le àrd-sgoiltean, anailis air dàta ro-dheuchainnean no coimhead air a' bhuidhinn AS4-S6 gu lèir.

Tracadh agus sgrùdadh amasan sinidh

Bithear a' dèanamh anailis air dàta adhartais is ruigsinn airson a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais aig gach aon de na trì cruinneachaidhean dàta san t-Samhain, sa Ghearran agus sa Chèitean. Bidh conaltradh a' tachairt tric gus beachdachadh air dàta agus adhartas le ceannardan-sgoile agus iar-cheannardan fa leth tro chuirtean leasachadh càileachd gach teirm agus tha feum sam bith a bharrachd air taic ga chomharrachadh. Tha ceannardan-sgoile agus am manaidsair leasachadh càileachd le uallach airson nan àrd-sgoiltean uile a' sgrùdadh adhartas a dh'ionnsaigh amasan sinidh Ceann Shuas na h-Àrd-sgoile. Tha anailis mhionaideach air a tharraing bho dàta Insight, air a sgaoileadh sa Ghearran 2022 agus anailis air dàta nan ro-dheuchainnean.

An-dràsta tha oifigearan-leasachaidh càileachd a' conaltradh ri àrd-sgoiltean a thaobh dàta ro-mheasta a thaobh tomhasan Ceann Shuas na h-Àrd-sgoile. Bheir an conaltradh proifeiseanta seo taic ann a bhith a' sgrùdadh adhartas a dh'ionnsaigh nan amasan sinidh a chaidh a shuidheachadh a thaobh na h-ìre seo den churraicealam a ruigsinn.

Ann an tomhasan na h-Àrd-Ìre, tha an t-ùghdarras ionadail a' cruinneachadh dàta mìosail air luchd-ionnsachaidh a tha air an t-slighe gus 1 no barrachd phasaichean A-C fhaighinn aig ìre 5 agus an t-aon rud aig ìre 6. Leis nach eil fios aca cò a tha dualtach a bhith a' fàgail, tha iad a' tracadh na buidhne AS4-6 gu lèir.

Chaidh am fiosrachadh as ùire mu thracadh a chur don h-uile àrd-sgoil airson nan ìrean làithreach de luchd-fàgail na sgoile stèidhichte air an fhiosrachadh tracadh às dèidh nan ro-dheuchainnean. Thèid seo a chur a-steach aig deireadh a' Mhàirt 2023 agus thèid a dheasbad aig sgiobaidhean leasachaidh sgìreil is stiùiridh san aon dòigh ri fiosrachadh as ùire bun-sgoile. Leigidh seo le conaltradh cuimsichte tachairt le sgoiltean air ro-mheasadh coileanadh luchd-fàgail na sgoile agus adhartas a dh'ionnsaigh amasan sinidh.

A thaobh amas slàinte is sunnd, thathas a' sgrùdadh dàta frithealaidh gach mìos. Tha seo fhathast na adhbhar dragh do sgoiltean agus don ùghdarras. Bheir fastadh oifigear in-ghabhail ionmhais anns gach buidheann foghlaim taic do theaghlachean le bhith a' meudachadh teachd a-steach. Tha fianais ann gu bheil seo na bhacadh a thaobh frithealadh luchd-ionnsachaidh.

Tha comhairlichean coileanaidh Foghlam Alba a' cumail orra a' toirt taic do ùghdarrasan ionadail ann a bhith a' sgrùdadh agus a' luachadh adhartas a dh'ionnsaigh nan amasan sinidh.

Roinn 3

3.1 Na h-ath cheumannan airson leasachadh leantainneach

Tha a h-uile ùghdarras ionadail air obair leis a' chomhairliche coileanaidh aca gus na h-ath cheumannan a chomharrachadh. Tha iad sin co-cheangailte ris an adhartas fa leth a chaidh a dhèanamh agus a' toirt cunntas air mar as urrainn do ùghdarrasan ionadail buileachadh Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba a neartachadh tuilleadh. Tha grunn chuspairean cumanta fhathast a' nochdadh anns na h-ath cheumannan sin. Tha seo a' comharrachadh barrachd aithne air na prìomh stiùirean a tha riatanach airson leasachadh leantainneach.

Siostaman agus pròiseasan dàta

Cuiridh faisg air dàrna leth nan ùghdarrasan ionadail fòcas air a bhith a' leasachadh cleachdadh dàta. Bha gnìomhan leasachaidh san amharc a' gabhail a-steach leasachadh pròiseasan measaidh nas làidire a bharrachd air a bhith ag ùrachadh shiostaman a bhios a' comasachadh cruinneachadh agus anailis dàta. Bu chòir seo leantainn gu comharrachadh nas fheàrr de bheàrnan co-cheangailte ri bochdainn

agus taic a chuimseachadh gu h-ìomchaidh. Chomharraich cuid de dh'ùghdarrasan ionadail cuideachd gun robh feum air luachadh nas èifeachdaiche air buaidh taic agus eadar-theachdan.

Siostaman agus pròiseasan dàta

Nearraich cleachdadh dàta gus fiosrachadh a thoirt do dhòighean-obrach a thaobh tomhas beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn

Bidh e cudromach gun tèid beachdachadh, a-rithist, air dòigh-obrach measaidh cunbhalach a leasachadh air feadh an ùghdarras eadar seo agus an Lùnastal le sùil ri chur an gnìomh an ath sheisean.

Lean air adhart a' leasachadh comasan inneal tracadh sgoilearan mar phàirt den phlana buileachaidh leantainneach, a' gabhail a-steach beachdachadh air clachan-mìle leasachaidh agus deas-bhòrd ùghdarras ionadail

Lean air adhart a' leasachadh shiostaman airson tracadh, sgrùdadh, agus anailis dàta, a tha a' toirt taic do bharrachd seilbh air dàta le sgoiltean agus ceannardan

Thoir taic do sgoiltean gus na pasganan dàta sgoile a rinneadh o chionn ghoirid a chleachdadh gu h-èifeachdach airson leasachadh

Maoineachadh Cothromais nan Sgoilearan

Tha faisg air dàrna leth nan ùghdarrasan ionadail air comharrachadh gu bheil feum ann air pròiseasan dearbhadh càileachd a neartachadh a thaobh Maoin Cothromais nan Sgoilearan (PEF). Tha fòcas leantainneach air a bhith air leasachadh cleachdadh dàta gus fiosrachadh a thoirt do phlanadh, cuimseachadh taic agus luachadh buaidh eadar-theachdan. Tha fianais ann gu bheil ùghdarrasan ionadail a' gabhail pàirt ghnìomhach ann a bhith a' toirt seachad taic agus dùbhlán. Tha seo a' gabhail a-steach tro phròiseasan planaidh, mar phàirt de chuirtean leasachadh càileachd agus leasachadh structaran riaghlaidh gus taic a thoirt do PEF. Tha beagan ùghdarrasan ionadail air cuideam a chur air an fheum dèanamh cinnteach gu bheil a' cleachdadh maoineachadh gu h-ìomlan às dèidh sùil gheur a chumail air caiteachas ann an oidhirp fo-chaitheachas a lùghdachadh.

Maoineachadh Cothromais nan Sgoilearan

Tòisichidh an t-oifigear foghlaim ùr airson SAC ag obair gu dlùth le sgoiltean cuimsichte gus dèanamh cinnteach gu bheil dàta làidir agus ìomchaidh ga chleachdadh gus fiosrachadh a thoirt do eadar-theachdan PEF agus gus a' bhuidhe aca a luachadh.

Bu chòir gnìomhan dìreach a dhèanamh an dèidh a bhith ag aithneachadh fo-chaitheachas maoineachadh cothromais sgoilearan gus dèanamh cinnteach gu bheil airgead air a chuimseachadh air a' bhuidhinn cloinne cheart

Nearraich na pròiseasan agus na siostaman a th' ann gus dèanamh cinnteach gu bheil a' dèanamh làn fheum de riarachadh Maoin Cothromais nan Sgoilearan agus gu bheil e buannachdail don luchd-ionnsachaidh as motha a tha fo bhuidhinn bochdainn

Cleachd dàta bho luachadh PEF gus na h-ath cheumannan leasachaidh a phlanadh

Leasaich agus cuir an gnìomh riaghladh PEF, barrachd cunntachalachd agus co-thaobhadh ri planaichean leasachaidh sgoile

Thoir sùil a-rithist air taic do sgoiltean mu bhith a' tomhas buaidh eadar-theachdan PEF

Ionnsachadh Proifeiseanta

Tha togail comas luchd-obrach na phrìomhachas leasachaidh leantainneach do cha mhòr trian de na h-ùghdarrasan ionadail. Tha cuid dhiubh sin a' cuimseachadh air a bhith a' leasachadh oide-eòlas gu sònraichte ann an litearrachd agus àireamhachd. Bidh cuid eile a' feuchainn ri tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air litearrachd dàta thar sgioba-obrach an fhoghlaim. Tha fianais dhòchasach a' nochdadh gu bheil ùghdarrasan ionadail a' brosnachadh co-obrachadh agus a' co-roinn cleachdadh èifeachdach.

Ionnsachadh Proifeiseanta

A' togail comas luchd-obrach le 'Bùth-obrach airson Litearrachd' agus 'Tuigse Bhun-bheachdail ann an Àireamhachd' mar phrìomh mhodhan ionnsachaidh is teagaisg taobh a-staigh Foghlam Farsaing Coitcheann. Dèan cinnteach gu bheil luchd-obrach sgoile fìor sgileil agus comasach air sàr eòlasan ionnsachaidh agus teagaisg a libhrigeadh ann an litearrachd agus àireamhachd don chloinn air fad

Cuidichidh a' cho-labhairt buileachaidh le bhith a' co-roinn a' chleachdaidh as fheàrr agus a' comasachadh taic agus dùbhlann bho cho-aioisean a thaobh leasachadh càileachd agus àrdachadh coileanaidh

Lean air adhart le trèanadh air an deas-bhòrd dàta airson ceannardan bun-sgoile

Dèan cinnteach gu bheil ionadan air a bheil a' bhuidheas as motha bho chnapan-starra coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn agus an fheadhainn le fo-choileanadh ann an litearrachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd air am prìomhachasadh ann an ionnsachadh agus taic phroifeiseanta.

Cuir taic ri sgaoileadh a-mach prògram sgrìobhaidh a' Cho-obrachadh Leasachaidh Chloinne is Dhaoine Òga (CYPIC) taobh a-muigh an dà sgoil pìleit tùsail.

Leasachadh Càileachd

Tha fianais a' nochdadh gu bheil pròiseasan leasachadh càileachd ùghdarrasan ionadail a' nochdadh amasan Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba. Chomharraich cairteal de na h-ùghdarrasan ionadail leasachadh air taobh de na pròiseasan sin a chuireas ri buileachadh èifeachdach an SAC. Mar eisimpleir, a' dèanamh feum nas fheàrr de dhàta gus taic agus dùbhlann a thoirt do sgoiltean ann a bhith ag aithneachadh agus a' dèiligeadh ri beàrnan co-cheangailte ri bochdainn.

Leasachadh Càileachd

Às dèidh fios air ais a chruinneachadh tron phrògram pileit, bidh e cudromach prògram ath-bhreithneachaidh sgoile a chur an gnìomh gu h-iomlan leis a h-uile sgoil ann an 2023-24.

Bidh an sgioba leasachadh càileachd a' dol an sàs ann an tursan coileanadh gus dèanamh cinnteach gu bheil taic agus dùbhlann gan toirt do stiùirichean sgoile airson cleachdadh dàta a leasachadh gus taic a thoirt do sgrùdadh na beàim coileanadh co-cheangailte ri bochdainn agus planadh eadar-theachdan.

Lean air adhart a' cleachdadh dàta gus taic a thoirt do thursan leasachadh càileachd gu sgoiltean

Amasan sìnidh

Tha cairteal de dh'ùghdarrasan ionadail air obair a chomharrachadh gus piseach a thoirt air sgrùdadh agus tracadh dàta co-cheangailte ri amasan sìnidh mar an ath cheum. Tha fianais ann cuideachd gu bheil fòcas air obair gus builean a leasachadh stèidhichte air amasan sìnidh sònraichte gu h-àraidh amasan sìnidh airson slàinte is sunnd a tha co-cheangailte ri frithealadh.

Amasan sìnidh

Obair còmhla ri com-pàirtichean a' gabhail a-steach Leasachadh Sgilean na h-Alba gus an àireamh de luchd-fàgail le inbhe neo-aithnichte san tomhas com-pàirteachaidh a lùghdachadh

Dèan tuilleadh leasachaidh air a' phròiseas airson tracadh agus sgrùdadh nan amasan sìnidh a bharrachd

Bidh e buannachdail mìosachan a bhith ann a bhios a' beachdachadh air ruitheam fiosan dàta agus ath-bhreithneachadh soilleir a dhèanamh air na tha an dàta a' ciallachadh airson ruigsinn nan amasan cothromais a thracadh, a' gabhail a-steach amasan sìnidh.

Meudaich fòcas agus spionnadh a thaobh leasachadh frithealaidh an dà chuid airson bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean

Leasachadh plana gnìomha le clàran-ama soilleir gus dèiligeadh ri dàta frithealaidh agus às-dùnaidh a tha a' tighinn am bàrr

Leasaich modhan-obrach cunbhalach le fiosrachadh bho dhàta airson a bhith a' cleachdadh luchd-taic com-pàirteachadh teaghaich thar buidhnean sgoiltean gus leantainn air adhart a' leasachadh ìrean frithealaidh san ùghdarras ionadail.

Bheir tuilleadh anailis air dàta frithealaidh, buaidh pròiseactan frithealaidh agus an taic co-cheangailte riutha, m.e., cur a-steach bhon chaidreachas leasachaidh roinneil (RIC), fiosrachadh mu na h-ath cheumannan airson leasachadh leantainneach airson ionadan comharraichte.

Clann agus daoine òga aig a bheil eòlas air cùram

Tha fianais ann gu bheil fòcas leantainneach ann air leasachadh builean do chlann is daoine òga a tha air eòlas fhaighinn air cùram. Tha grunn ùghdarrasan ionadail air seo a chomharrachadh mar ath cheum sònraichte. 'S e prìomh ghnìomhan a bhith a' luachadh cleachdadh làithreach agus ag ath-bhreithneachadh mar a thathar a'

tracadh adhartas. Tha dà ùghdarras ionadail cuideachd air iomradh a thoirt air ceannard-sgoile bhiortuil ùr ga thoirt a-steach.

Clann agus daoine òga aig a bheil eòlas air cùram

Cur an gnìomh inneal fèin-luachaidh ùr airson ùghdarrasan ionadail a thaobh clann is daoine òga aig a bheil eòlas air cùram gus dèanamh cinnteach gu bheil adhartas iomchaidh air a dhèanamh a dh'ionnsaigh builean dearbhach a choileanadh do chlann agus daoine òga le eòlas air cùram.

Leasaich dòigh-obrach èifeachdach gus cleachdadh agus buaidh na Maoin Chloinne is Dhaoine Òga le Eòlas air Cùram a thacadh

Tomhaisidh an Sgioba 'Home to Highland' (Maoin CECYP) buaidh a chuid obrach le bhith a' dèanamh coimeas eadar ìrean com-pàirteachaidh luchd-ionnsachaidh mar phàirt de dh'ath-bhreithneachadh gach teirm air pasganan fa leth.

Thoir inntreigeadh gu soirbheachail gu ceannard bhiortail gus a bhith a' stiùireadh amasan na Maoin Chloinne is Dhaoine Òga le Eòlas air Cùram

Barrachd sgrùdaidh agus tracadh le àrd-mhanaidsearan ainmichte air luchd-ionnsachaidh cuimsichte aig a bheil eòlas air cùram le fòcas air cleachdadh dàta gus a' bhuaidh air coileanadh airson diofar roinnean a chomharrachadh agus a thomhas.

Maoinachadh Cothromais Ro-innleachdail

Tha beagan ùghdarrasan ionadail air ath-cheumannan sònraichte a chomharrachadh a thaobh Maoinachadh Cothromais Ro-innleachdail. Tha iad sin a' cuimseachadh air ath-bhreithneachadh a dhèanamh air buaidh nam planaichean SEF làithreach gus prìomhachasan leasachaidh a chomharrachadh san àm ri teachd. Tha ceumannan pragtaigeach san amharc cuideachd gus dèanamh cinnteach gu bheil stòrasan air an riaghladh gu h-èifeachdach.

Maoinachadh Cothromais Ro-innleachdail

Dèan tuilleadh leasachaidh air 'a' mhodal ionmhais airson cothromais' gus dèanamh cinnteach gum bi feum nas èifeachdaiche ga dhèanamh de stòrasan agus gus am feum as fheàrr a dhèanamh de SEF

Bidh stiùirichean sruth-obrach na Maoin Cothromais Ro-innleachdail a' luachadh adhartas mu choinneamh nam builean agus nan tomhasan aca sa Chèitean agus san Ògmhios 2023. Bheir an dàta agus an fhianais seo taic do leasachadh prìomhachasan leasachaidh ionadail airson 2023-24

Thèid ath-bhreithneachadh a dhèanamh air pròiseactan co-obrachail SEF gu ruige seo, a' gabhail a-steach an t-adhartas a rinneadh a dh'ionnsaigh nan amasan sinidh. Thèid taic a tha a dhìth do ghluasad air adhart airson pròiseactan leantainneach agus ùra a chomharrachadh

Foghlam Alba

Taigh Denholm

Pàirc Gnìomhachais Almondvale

Slighe Almondvale

Baile Dhunlèibhe EH54 6GA

F +44(0)131 244 4330

P-d enquiries@education.scotland.gsi.gov.uk

www.education.gov.scot

